

# Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan agus Measadh ann an Alba Aithisg Eadar-amail am Màrt 2023



# CLÀR-INNSE

[Ro-ràdh](#)

[Pàirt 1 – an Lèirmheas gu ruige seo](#)

[Pròiseas an Lèirmheis](#)

[Pàirt 2 – Modail ùr airson Teisteanasan agus Measadh](#)

## Ro-ràdh

Chaidh an Lèirmheas Neo-eisimeileach seo air Teisteanasan is Measadh a stèidheachadh le Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean, gus dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-ionnsachaidh uile san àm ri teachd air an deagh ullachadh airson an t-saoghail làn-chothroman, ach mì-chinnteach, a dh'fhiosraicheas iad. Tha e deatamach gun aithnichear coileanadh gach neach-ionnsachaidh ma tha Alba mar chomann-sòisealta gu bhith a' soirbheachadh gu sòisealta, gu cultarail agus gu h-eaconamach.

Ann a bhith a' dèanamh an Lèirmheis Neo-eisimeilich seo, b' e mo phrìomh amas a bhith ag obair còmhla ri daoine eile gus molaidhean pragtaigeach a dhèanamh, stèidhichte air prionnsabalan, airson teisteanasan agus measadh ann an Alba san àm ri teachd. Tha an Lèirmheas a' togail air toraidhean aithisg an OECD *Scotland's Curriculum for Excellence - Into the Future* (2021) agus a' beachdachadh air miannan an fheadhainn a dhealbhaich an Curraicealam airson Sàr-mhathais an toiseach. Tha e a' beachdachadh air molaidhean Aithisg Stobart (2021) Upper-secondary education student assessment in Scotland: A comparative perspective. Ach, b' e toiseach tòiseachaidh an Lèirmheis seo còmhraidhean le co-obraichean bho Phàrlamaid Òigridh na h-Alba agus Pàrlamaid na Cloinne mun lèirsinn aca airson teisteanasan agus measadh ann an Alba san àm ri teachd. Dh'obraich iad còmhla rium gus a' chiad dreach den Lèirsinn is de na Prionnsabalan a chruthachadh agus dh'aithnich iad gu bheil siostam theisteanasan is measaidh a bheir piseach air builean dhan a h-uile neach-ionnsachaidh deatamach ann a bhith a' cruthachadh comann-sòisealta nas cothromaiche agus nas beartaiche ann an Alba. Tha sinn a' feuchainn ri conaltradh brìoghmhor a bhrosnachadh le raon farsaing de luchd-ùidh, a' gabhail a-steach nam buidhnean nach cluinnear ach ainneamh le guthan nach eil an sàs gu tric ann an deasbad poileasaidh.

Tha a' Bhuidheann Ath-bhreithneachaidh Neo-eisimeileach (IRG) agus na Buidhnean Co-obrachaidh Coimhearsnachd (CCGan) aig cridhe a' mhodail conaltraidh seo. An toiseach bha 13 dhiubh ann ach chaidh an àireamh de CCGan a leudachadh gu bhith a' gabhail a-steach raon nas fharsaing de choimhearsnachdan aig an robh ùidh shònraichte san obair a bhathar a' dèanamh. Tha còmhraidhean domhainn agus seasmhach air a bhith ann mu na tha an dàn do theisteanas agus measadh am measg timcheall air 400 neach mar thoradh air dealas buill an IRG agus nan CCG. Tha sgoiltean agus colaistean air feadh na dùthcha cuideachd air a bhith an sàs anns na còmhraidhean agus fhuaradh còrr is 700 freagairt dhan cho-chomhairle phoblaich. Thàinig tòrr de na freagairtean seo bho bhuidhnean de chom-pàirtichean, gu tric a' gabhail a-steach daoine òga.

Tha còmhraidhean air a bhith fosgailte, dùbhlanaich agus, aig amannan, làidir, ach an-còmhnaidh cuideachail, le daoine an sàs annta a tha airson siostam theisteanasan is measaidh a dhealbhadh a nì diofar adhartach dhan luchd-ionnsachaidh uile san àm ri teachd.

Anns an Aithisg Eadar-amail seo do Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean, bu mhath leam mo thaing a thoirt dhan a h-uile duine a tha air a bhith ag obair còmhla rium gus sgrùdadh a dhèanamh air teisteanasan agus measadh ann

an Alba san àm ri teachd. Còmhla, tha sinn air conaltradh a chumail le luchd-ùidh bho gach phàirt de shaoghal Foghlam na h-Alba; luchd-ionnsachaidh, pàrantan/luchd-cùraim, tidsearan is òraidichean, stiùirichean sgoile is cholaistean, fastaichean, luchd-dèanamh phoileasaidhean, buidhnean nàiseanta, luchd-poilitigs, luchd-cleachdaidh nas fharsaing, luchd-rannsachaidh (nàiseanta is eadar-nàiseanta) agus oilthighean. Tha beachdan bhon raon fharsaing de choimhearsnachdan a tha an sàs san Lèirmheas seo air ar smaoineachadh gu ruige seo fhiosrachadh agus tha iad nam prìomh thùsan fianais airson na h-Aithisg Eadar-amail seo.

Cha robh am pròiseas co-chomhairleachaidh daonnan foirfe, agus cha robh e daonnan soirbheachail ann a bhith a' toirt a-steach a h-uile duine a bha sinn airson a bhith a' gabhail pàirt anns na trì ìrean den Lèirmheas. Nuair a tha sinn air gluasad tro gach ìre, tha sinn air a bhith ag ionnsachadh mar a bheir sinn piseach air conaltradh le àireamhan dhaoine a tha a' sìor fhàs. Tha sinn ag ionnsachadh fhathast,

Tha ro-innleachd com-pàirteachaidh an Lèirmheis cuideachd air cothroman a thoirt seachad gus tadhal, gach cuid gu bhìortail agus gu pearsanta, air grunn sgoiltean agus colaistean air feadh na h-Alba. Bu mhath leam cuideachd taing a thoirt dhan a h-uile duine a tha air an cuid cleachdaidh a cho-roinn gu deònach agus a tha air bruidhinn ruinn air na tha an dàn do theisteanasan agus measadh le lèirsinn agus dealas. Bha na cothroman a fhuair mi gus cluinntinn gu dìreach bho dhaoine òga gu sònraichte luachmhor. Ged a tha e air leth cudromach gum bi an Lèirmheas a' cumail conaltradh le raon farsaing de bhuidhnean aig a bheil ùidh ann am foghlam na h-Alba, tha e air leth cudromach gun tèid "guth" dhaoine òga a chluinntinn, a thuigsinn agus a ghabhail ris. 'S e an t-àm ri teachd acasan a th' ann agus 's iadsan a bhios air thoiseach air cùisean ann an atharrachadh ann an cultar agus comann-sòisealta na h-Alba anns na bliadhnaichean ri teachd.

Ann an diofar dhòighean, tha an siostam teisteanais is measaidh a th' ann an-dràsta air a bhith na chuideachadh mòr do mhòran luchd-ionnsachaidh ann an Alba. Tha cliù eadar-nàiseanta fhathast aig Foghlam na h-Alba agus tha siostam theisteanasan na h-Alba air cur ri sin. Tha com-pàirteachasan Sgoile is Colaiste a-nis nam feart adhartach de chruth-tìre an fhoghlaim. Ach, tha eòlas a fhuair eadhon mar thoradh air a' ghalair lèir-sgaoilte COVID-19 air dearbhadh gu bheil feum air siostam measaidh nas seasmaiche. Ged nach robh e riamh na amas aig an fheadhainn a dhealbhaich na teisteanasan, bidh luchd-ionnsachaidh ag aithris air gnàth-eòlasan cumhang, gu tric foirmeach, ann an teisteanasan nàiseanta far a bheil ionnsachadh a' faireachdainn mar gu bheil e air a sgaradh bho bheatha.

Chuir na dh'fhiosraich sinn tro ChCOVID-19 cuideachd fòcas sònraichte air an fheum air dòigh-obrach a thaobh theisteanasan a bhios a' co-thaobhadh nas fheàrr ri rùintean na h-Alba airson barrachd cothromas ann am foghlam. Airson barrachd cothromas a bhith ann, agus san fharsaingeachd, gus am bi Alba a' soirbheachadh gu sòisealta agus gu cultarail, feumaidh beairteas a bhith ann agus tha beairteas na dùthcha san àm ri teachd an crochadh air eaconamaidh fhallain. Ann an Alba aig an àm seo, tha beàrn eadar a' bhunait sgilean a th' ann mar-thà agus na sgilean a tha a dhith gus

taic a thoirt do dh'fhàs eaconamach. Ma nithear cleachdadh nas fheàrr de dh'fhiosrachadh mu chothroman san àite-obrach san àm ri teachd, bheir seo fianais nas fheàrr do luchd-ionnsachaidh gus co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh mu shlighean a dh'fhaodadh iad leantainn .

Tha comainn air feadh an t-saoghail ag atharrachadh aig astar agus air feadh na cruinne tha a' tòiseachadh air faicinn gu bheil atharrachaidhean bunaiteach a' dol air adhart, mar eisimpleir, ann an inntleachd fuadain. Bidh iad a' coimhead ri foghlam agus ri teisteanasan gus taic a thoirt dhan luchd-ionnsachaidh aca agus iad a' gluasad nas fhaide air adhart na sgoil agus colaiste. Tha e ro-chudromach nach bi Alba air dheireadh air càch. Mar dhùthaich, feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-ionnsachaidh air fad a' faighinn taic gus aghaidh a chur air dùbhlain san àm ri teachd - àm ri teachd a bhios gu math eadar-dhealaichte bhon t-saoghal mar as aithne dhuinn an-diugh e. Chan ann le bhith ag atharrachadh ar siostam measaidh agus teisteanasan a tha an cunnart, ach le bhith a' fàiligidh dèanamh cinnteach gu bheil e iomchaidh airson an àm ri teachd. Tha an cunnart nach atharraich sinn ar modh-obrach a thaobh theisteanasan is measaidh ro mhòr an dà chuid do luchd-ionnsachaidh fa-leth agus do dh'Alba mar nàisean.

Mar sin chan eil an Lèirmheas seo a' faighneachd am bu chòir dhan t-siostam atharrachadh, ach dè a bu chòir atharrachadh agus ciamar as fheàrr a chumar taic ri atharrachadh. Tha astar an atharrachaidh agus na h-ìrean atharrachaidh; na ghabhas coileanadh sa gheàrr-ùine, sa mheadhan-ùine agus san fhad-ùine nam prìomh cheistean airson an Lèirmheis seo. Gu cudromach, feumaidh sinn comharrachadh dè a sguireas sinn dèanamh gus àite a chruthachadh gus cleachdaidhean ùra a thogail. Chan urrainnear dìreach a bhith a' cur cleachdaidhean ùra ris a' chleachdadh a th' ann mar-thà, ach chan e obair fhurasta a th' ann co-dhùnadh dè na cleachdaidhean a bu chòir tighinn gu crìch. Chan eil furasta uair sam bith a bhith a' sgar a dhèanamh na rinn sinn roimhe ann an co-theacsa sam bith. Mar eisimpleir, is e glè bheag de dhaoine a tha a' creidsinn gur e deagh chleachdadh a th' anns an dòigh-obrach làithreach far am bi cabhag mhòr thairis air dà theirm dhan Àrd-ìre. Ach, gluasad air falbh bho sin, feumar barrachd na atharrachadh siostaim. Bidh atharrachadh ann an cruth-inntinn a dh'fhàg airson seo.

Tha an Aithisg Eadar-amail seo ag innse sgeulachd an Lèirmheis gu ruige seo. Tha e ag aithris air an rannsachadh a dh'fhiosraich dealbhadh an Lèirmheis Neo-eisimeilich. Tha e a' mìneachadh structar agus obrachadh pròiseas an lèirmheis, na Buidhne Lèirmheis Neo-eisimeilich agus nam Buidhnean Co-obrachaidh Coimhearsnachd. Thathar a' toirt cunntas air na trì ìrean den phròiseas lèirmheas agus thathar ag aithris air toraidhean bhon chiad ìre a bha ag amas air Lèirsinn cho-roinnte agus seata de phrionnsabalan a thogail gus dealbhadh theisteanasan is measaidh ann an Alba san àm ri teachd fhiosrachadh. Tha toraidhean bhon dàrna ìre air an taisbeanadh cuideachd. Ann an Ìre a Dhà bha an Lèirmheas a' sireadh bheachdan air dè an fianais a bu chòir cruinneachadh mar phàirt de theisteanasan agus measadh, mar a bu chòir fianais airson diofar sheòrsaichean coileanaidh a chruinneachadh agus mar a b' fheàrr fianais a thaisbeanadh ann an dòighean a bhiodh co-chòrdail ris an Lèirsinn aontaichte. Rinneadh mion-sgrùdadh neo-eisimeileach air fios air ais bhon dà ìre seo agus an-dràsta, tha sinn a' cleachdadh

an fhios air ais seo, còmhla ri fianais bho na tùsan air an deach iomradh a thoirt roimhe san ro-ràdh seo, gus modail a dhealbhadh airson teisteanasan agus measadh san àm ri teachd ann an Alba.

Às dèidh foillseachadh na h-Aithisg Eadar-amail, tòisichidh sinn air Ìre 3 den cho-chomhairle. Iarraidh sinn beachdan air modail a dh'fhaodadh a bhith ann, a' faighneachd a bheil e a rèir na Lèirsinn a chaidh aontachadh roimhe. Bidh sinn cuideachd a' sireadh bheachdan air dè na gnìomhan a dh'fheumar a ghabhail gus dèanamh cinnteach gun obraich am modail, no tionndadh dheth, ann an cleachdadh. Tro phròiseas an Lèirmheis Neo-eisimeilich air fad, tha a' Bhuidheann Lèirmheas Neo-eisimeileach air feuchainn ri bhith an dà chuid prionnsabalach agus practaigeach. Mar eisimpleir, bidh beachd sam bith a thathar a' moladh sa mhodail airson teisteanasan agus measadh ann an Alba san àm ri teachd air a chleachdadh mar-thà san t-siostam theisteanasan ann an co-dhiù aon dùthaich eile. Ach, tha mi gu làidir den bheachd nach urrainn dhuinn dìreach a bhith a' gluasad bheachdan bho aon dùthaich gu dùthaich eile, agus gum feumar cleachdaidhean atharrachadh airson co-theacs na h-Alba.

Tha an Lèirmheas seo air aon de ghrunn Lèirmheasan aig Riaghaltas na h-Alba a tha a' coimhead air foghlam ann an Alba san àm ri teachd agus a' feuchainn ri togail air na h-eileamaidean as fheàrr den chleachdadh làithreach ann am Foghlam na h-Alba agus nas fhaide air falbh. Tha an Còmhradh Nàiseanta, Lèirmheas Morgan (2020), Lèirmheas Muir (2022), Lèirmheas nan Dreuchdan agus Lèirmheas Neo-eisimeileach air Cruth-tìre Libhrigeadh nan Sgìlean uile nan lèirmheasan poileasaidh a dh'fhaodadh buaidh a thoirt, no a tha fhathast a' toirt buaidh, air foghlam sgoile is colaisde ann an Alba. Tha mi cuideachd mothachail air na cothroman agus na dùbhlain a tha air am mìneachadh ann an Ro-innleachd Nàiseanta na h-Alba airson Atharrachadh Eaconamach (2022).

Còmhla, tha comas aig an t-sreath obrach seo a bhith cruth-atharrachail a thaobh Foghlam na h-Alba. Airson an Lèirmheas seo, suidhichidh an cruth-atharrachadh sin teisteanasan agus measadh mar dhràibhear gus am bi àm ri teachd nas fheàrr do gach neach-ionnsachaidh agus do dh'Alba mar chomann-sòisealta. Tha mi misneachail, le bhith a' cleachdadh dòigh-obrach leis an neach-ionnsachaidh aig a' chridhe, a tha stèidhichte an dà chuid air prionnsapal agus cleachdadh, gun urrainn dhuinn, comas cruthachail, co-obrachail siostam Foghlaim na h-Alba a chur an sàs còmhla.

Às leth na Buidhne Lèirmheas Neo-eisimeileach, tha mi a' dèanamh fiughair ri bhith a' cur a-steach aithisg dheireannach le molaidhean pragtaigeach, stèidhichte air prionnsabalan gu Rùnaire a' Chaibineit aig deireadh a' Chèitein.

**Am Proifeasair Louise Hayward: Neach-gairm, Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan agus Measadh**



## Pàirt 1 – an Lèirmheas Neo-eisimeileach gu ruige seo

### Facal-tòiseachaidh

Tha an earrann seo den phàipear a' toirt seachad ùrachadh mu obair na Buidhne Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan agus Measadh. Tha an Lèirmheas anis air a' chiad dà ìre aige a chrìochnachadh agus às dèidh foillseachadh na h-aithisge eadar-amail seo bidh sinn a' sireadh bheachdan air dreachd modail ùr airson Teisteanasan is Measadh ann an Alba. Thig an Lèirmheas gu crìch ro dheireadh a' Chèitein 2023 nuair a thèid aithisg dheireannach agus molaidhean a chur a-steach gu Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean.

### An Co-theacsa airson Ath-leasachadh Theisteanasan agus Measadh

Thòisich Rùnaire a' Chaibineit an Lèirmheas seo air Teisteanasan agus Measadh mar fhreagairt air cùisean a dh'èirich aig àm a' ghalair lèir-sgaoilte agus aithisgean air Foghlam na h-Alba às dèidh sin.

Chuir COVID-19 bacadh air an dòigh-obrach thraidiseanta a thaobh theisteanasan ann an Alba. Às dèidh stad a bhith air a chur air deuchainnean Nàiseanta 5, Àrd-ìre agus Àrd-ìre Adhartach ann an 2020 agus 2021 mar thoradh air COVID-19, tha deasbad poblach às ùr air a bhith againn ann an Alba mu mheasadh, gu sònraichte san Ìre as Àirde a' gabhail a-steach mu chom-pàirteachasan sgoile is colaiste.

Thuir aithisg an OECD *Scotland's Curriculum for Excellence - Into the Future (2021)* nach deach comas tùsail a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais a choileanadh fhathast. Rinn iad an argamaid ged a tha CfE "a' leantainn air adhart mar iomairt dhàna le taic fharsaing, agus a chaidh a dhealbhadh gus an t-sùbailteachd a thoirt seachad a dh'fheumar gus leasachaidh a bharrachd a dhèanamh air ionnsachadh nan sgoilearan... , gum feumar an structar, cleachdaidhean ionnsachaidh agus dòighean-obrach a thaobh measadh atharrachadh gus am biodh e a rèir lèirsinn CfE gus am biodh an curraicealam leantainneach do sgoilearan eadar 3 is 18 mar a chaidh a ghealltainn." (OECD, 2021)

Mar phàirt den Lèirmheas sin aig an OECD, dh'fheuch an aithisg leis an Àrd-ollamh Gòrdan Stobart, *Upper-secondary education student assessment in Scotland: A comparative perspective.*(2021) ri sealladh a thoirt seachad air a' 'mhi-thaobhadh' a bhathar a' faicinn eadar curraicealam agus measadh agus gus cothroman a nochdadh airson ath-leasachadh mheasaidhean san Ìre as Àirde. Chuir an t-Àrd-ollamh Stobart an argamaid air adhart gu bheil Foghlam na h-Alba mar phàirt de thraidisean ann an saoghal na Beurla a tha a' crochadh gu mòr air deuchainnean agus gu bheil luchd-ionnsachaidh na h-Alba am measg an fheadhainn a nì an uiread as motha de dheuchainnean san t-saoghal. Thaisbean e raon de thraidiseanan eile ann an cleachdadh eadar-nàiseanta agus mhol e gum bu chòir do dh'Alba beachdachadh air dòigh-obrach nas fharsainge a thaobh Theisteanasan agus Measadh nan robh miannan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais gu bhith air an toirt gu buil.



B' e àite tòiseachaidh an Lèirmheis Neo-eisimeilich seo beachdachadh air fianais bho na chaidh ionnsachadh bho ChCOVID-19 agus na h-aithisgean eadar-nàiseanta air Foghlam na h-Alba. A bharrachd air sin, bha Teisteanasan agus Measadh nam prìomh chuspairean a dh'èirich à Lèirmheas Muir agus Lèirmheas Morgan. Tha fianais bhon dà Lèirmheas air buaidh a thoirt air an smaoineachadh a tha mar bhunait dhan Lèirmheas seo.

## Modhan-obrach

Feumaidh ùr-ghnàthachadh sam bith a tha ag amas air atharrachadh a stiùireadh a tha domhainn, brìoghmhor agus seasmhach aire a thoirt do ghrunn fheartan. Gu tric bidh atharrachadh a' cuimseachadh air na dh'fheumas atharrachadh agus, gu dearbh, tha sin deatamach. Ach, tha e a cheart cho cudromach beachdachadh air carson a tha an t-atharrachadh a thathar a' moladh cudromach do luchd-ionnsachaidh agus do chomann-sòisealta na h-Alba, mar a b' fheàrr a ghabhadh atharrachadh a thoirt gu buil agus cò ris a bu chòir an t-slighe a bhith coltach agus sinn a' gluasad bho far a bheil an siostam an-dràsta gu far a bheil e ag iarraidh a bhith san àm ri teachd. Mu dheireadh, ma tha atharrachadh gu bhith seasmhach, tha e cudromach comharrachadh dè dh'fheumas a bhith eadar-dhealaichte san t-siostam foghlaim san fharsaingeachd gus taic a chumail ri ùr-ghnàthachadh ann an cleachdadh, m.e. cunntachalachd, Sgrùdadh agus ITE.


Tha an dòigh-obrach a thaobh com-pàirt tron Lèirmheas seo air fad stèidhichte air Modail Atharrachaidh na h-Iomlanachd (*Integrity Model of Change* - 2010) a tha a' toirt aire do:

**Iomlanachd Foghlaim** - am feum gus dèanamh cinnteach gum bi cothroman foghlaim agus cothroman beatha nas fheàrr ann do gach neach-ionnsachaidh mar thoradh air na nithear, i.e., gu bheil air a stiùireadh le poileasaidh, cleachdadh agus rannsachadh. Chuir cruthachadh na Lèirsinn agus nam Prionnsabalan fòcas air an adhbhar foghlaim a bha air cùl an Lèirmheis.

**Iomlanachd Pearsanta is Proifeiseanta** - cho cudromach 's a tha e a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile duine aig a bheil pàirt ann an soirbheas an ùr-ghnàthachaidh an sàs ann an dealbhadh agus leasachadh, ag aithneachadh agus a' cur luach air a' phàirt ro-chudromach a bhios aig gach neach. Bha cruthachadh na Buidhne Lèirmheis Neo-eisimeileach (IRG) agus Buidhnean Co-obrachail Coimhearsnachd (CCGan), an conaltradh le sgoiltean is colaistean agus an co-chomhairleachadh poblach nan dòighean gus iomlanachd pearsanta is proifeiseanta a bhrosnachadh taobh a-staigh an Lèirmheis.

**Iomlanachd Siostamach** – am feum air dèanamh cinnteach gu bheil na diofar phàirtean den t-siostam m.e. foghlam thidsearan, sgrùdadh, buidhnean proifeiseanta, riaghaltas nàiseanta is ionadail agus buidhnean nàiseanta air an aon rèir gus taic a thoirt do dh'ùr-ghnàthachadh ann an cleachdadh. Bha coinneamhan de bhuill an Lèirmheis le prìomh bhuidhnean agus chomainn a bharrachd air

ballrachd de chomataidhean ro-innleachdail airson dèanamh cinnteach gun robhar a' toirt aire do dh'iomlanachd siostamach.



*Figear 1 – Modail Atharrachaidh*

### Pròiseas an lèirmheis

#### **A' Bhuidheann Lèirmheas Neo-eisimeileach - IRG**

Tha a' Bhuidheann Lèirmheas Neo-eisimeileach (IRG) air a bhith aig cridhe a' phròiseas sgrùdaidh co-obrachail. Tha an IRG ag obrachadh mar mhodail matraigs.

Air aon taobh den mhatraigs, tha trì buidhnean sònraichte de chom-pàirtichean an sàs san Lèirmheas:

- dhaibhsan as cudromaiche dha bheil teisteanasan, a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh agus, far a bheil e iomchaidh, pàrantan no luchd-cùraim,
- an fheadhainn a tha an sàs ann a bhith a' dealbhadh, a' leasachadh agus a' tabhann theisteanasan - proifeiseantaich foghlaim a' gabhail a-steach tidsearan agus òraidichean, stiùirichean sgoile is cholaistean agus luchd-dèanamh poileasaidh ionadail is nàiseanta;
- agus cleachdaichean theisteanasan leithid colaistean, fastaichean agus oilthighean.

Air taobh eile a' mhatraigs tha buidhnean stèidhichte air rannsachadh a' gabhail a-steach luchd-rannsachaidh air nithean a tha cudromach dhan Lèirmheas Neo-eisimeileach. Is e adhbhar nam buidhnean sin dèanamh cinnteach gu bheil obair IRG air a stiùireadh leis an smaoineachadh as adhartaike. Tha na raointean sin a' gabhail a-steach Co-ionannachd, Curraicealam, Measadh agus Teisteanasan, Pròiseasan Atharrachaidh agus Co-thaobhadh Poileasaidh

Tha na buidhnean sin uile deatamach ma tha siostam theisteanasan gu bhith creideasach agus practaigeach.

Bidh gach ball den IRG a' ceangal ri buidheann nas fharsainghe de bhuill bhon choimhearsnachd aca. Tha an àireamh de bhuidhnean air a dhol suas bho thòisich an Lèirmheas agus tha ùidh air fàs anns na cuspairean agus fo-chuspairean a tha gan deasbad. Tha raon farsaing de chom-pàirtichean anns na buidhnean sin agus cumaidh sinn oirnn a' dèanamh cinnteach à dòigh-obrach in-ghabhalach agus com-pàirteachail fhad's a tha an Lèirmheas a' dol air adhart. 'S e an t-amas a bhith ag aithneachadh agus a' gabhail ri iomadachd luchd-ionnsachaidh agus choimhearsnachdan na h-Alba. Tha na buidhnean sin ag amas air daoine a chluinntinn nach cluinnear ro thrì ann an còmhradh poileasaidh. Chan eil buill IRG a' riochdachadh nam buidhnean aca fhèin, ach an àite sin bidh iad nan luchd-cuideachaidh gus conaltradh leis na coimhearsnachdan aca san fharsaingeachd a' coimhead air mar as fheàrr a dh'fhaodadh siostam theisteanasan na h-Alba taic a thoirt dhan a h-uile neach-ionnsachaidh.

Tha an IRG air a bhith a' beachdachadh air cùisean leithid:

- adhbharan agus cleachdadh siostam teisteanais is dhuaisean, a' gabhail a-steach aithne air ionnsachadh, barantachadh, taghadh agus cunntachalachd, agus air an dàimh eadar teisteanasan agus ionnsachadh fad-beatha;
- modhan measaidh ann an cuspairean proifeasanta agus teicnigeach agus leasan a ghabhadh ionnsachadh bho na modhan sin;
- cothromachd, cothromas agus buaidh diofar dhòighean a thaobh measadh airson teisteanasan;
- bho bheachdan gu cleachdadh - am pròiseas atharrachaidh agus ag ionnsachadh bhon àm a dh'fhalbh gus tuigsinn carson a tha beàrnan mòra eadar na rùintean tùsail airson teisteanasan ann an CfE agus cleachdaidhean làithreach, far a bheil ionnsachadh air meomhair, modhan-obrach foirmeach airson deuchainnean, ro-aithris chunbhalach airson deuchainnean agus gearanan nach eil ùine gu leòr airson ionnsachadh san 'two term dash' nan gnàth-eòlasan a chaidh aithris gu tric;
- modhan-obrach Nàiseanta is Eadar-nàiseanta nas fharsainghe a thaobh Measaidhean Teisteanasan san àm ri teachd.

Tha an Lèirmheas seo air a bhith ag amas gu sònraichte air luchd-ionnsachaidh aois 15-18 anns a h-uile suidheachadh foghlaim, mar as trice 's e sgoil no colaiste a bhios ann ach tha e cuideachd a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh ann an suidheachaidhean foghlaim eile agus luchd-ionnsachaidh a tha a' faighinn foghlam san dachaigh. Tha buaidh ann cuideachd air cuid de luchd-ionnsachaidh inbheach a bhios a' dèanamh chùrsaichean a tha fon raon-ùghdarras. Tha fòcas na h-obrach seo air a bhith air frèam theisteanasan sgoile is colaiste a tha rim faighinn aig an Ìre as Àirde. Cha bhi an lèirmheas a' beachdachadh no a' dèanamh mholaidhean air an t-susbaint aig cùrsaichean fa leth.

## **Buidhnean Co-obrachaidh Coimhearsnachd (*Collaborative Community Groups* - CCGs)**

Tha e na prìomh dhleastanas air buill an IRG conaltradh coimhearsnachd nas fharsainghe a chur an comas. Chaidh iarraidh air gach ball den IRG daoine bhon choimhearsnachd leudaichte aca a thoirt còmhla gus CCG a chruthachadh. Tro na CCGan aca, tha buill IRG air beachdan a chruinneachadh bho dhaoine fa leth agus bho bhuidhnean a tha a rèir nàdar eadar-mheasgte nan coimhearsnachdan aca, a' gabhail a-steach guthan nach cluinnear ach ainneamh. Bithear a' deasbad bheachdan air a bheilear a' beachdachadh anns an IRG le buill nan CCG agus tha fianais agus beachdan bho na CCGan air a thoirt air ais gu coinneamhan mìosail an IRG mar phàirt den phròiseas cruinneachaidh fianais nas fharsainghe.

### **Trì Ìrean**

Gus structar a thoirt seachad airson conaltradh aig prìomh amannan sa phròiseas Lèirmheis, ghabh sinn dòigh-obrach trì ìrean:

- Ìre a h-Aon - an Lùnastal - an t-Sultain 2022 - bha seo a' cuimseachadh air a bhith a' cruthachadh seata bunaiteach de Lèirsinn is Prionnsapalan. Bha an IRG agus a h-uile CCG an sàs ann agus chaidh stuthan taic a chur gu gach àrd-sgoil agus colaiste ann an Alba.
- Ìre a Dhà – an Dàmhair 2022 gu am Faoilleach 2023 – thug seo seachad ceistean nas mionaidiche a bha air an dealbhadh gus faighinn a-mach dè am modail Theisteanasan is Measaidh as fheàrr leatha. Tha an IRG agus a h-uile CCG air a bhith an sàs ann agus chaidh stuthan taice a chur chun a h-uile sgoil agus colaiste. Rinn an Lèirmheas Co-chomhairle Phoblach cuideachd, a dhùin air 13 Faoilleach 2023.
- Ìre a Trì – tòisichidh an ìre seo sa Mhàrt 2023. Is e an t-amas beachdachadh air modail airson teisteanasan agus measadh san àm ri teachd le dhealbhadh air a tharraing bho na h-aithisgean a chaidh ainmeachadh roimhe, bho fhreagairtean dhan cho-chomhairle ann an Ìrean a h-Aon agus a Dhà den Lèirmheas seo. Is e an t-amas ann an Ìre a Trì beachdan a shireadh air dòigh-obrach a thathar a' moladh agus, gu cudromach, air na ceumannan practaigeach a bhiodh a dhìth gus am biodh am modail seo soirbheachail ann an cleachdadh. Aig Ìre a Trì bheir an Lèirmheas cuideachd aire do thoraidhean iomchaidh bhon Deasbad Nàiseanta air foghlam. Thèid Ìre a Trì a ruith ann an dòigh coltach ri Ìre a h-Aon. Thèid stuthan a chuirteachadh chun a h-uile sgoil agus colaiste agus bidh còmhraidhean IRG agus CCG ann. A bharrachd air sin, bidh grunn thursan do sgoiltean is colaistean ann gus smaoineachadh fhiosrachadh air a' mhodail agus a' bhuaidh a th' aige ann an cleachdadh.

## Ìre a h-Aon – Lèirsinn agus Prionnsapalan

Chaidh na dreachd Lèirsinn agus Prionnsapalan a chruthachadh an toiseach le co-obraichean bho Phàrlamaid Òigridh na h-Alba agus Pàrlamaid na Cloinne. Bha Ìre 1 den Lèirmheas beò eadar an Lùnastal agus an t-Sultain 2022. Fhuair eadhon freagairtean bho Bhuidhnean Coimhearsnachd Co-obrachail agus bho bhuidhnean deasbaid co-cheangailte. Uile gu lèir, bha 221 freagairtean ann bho sgoiltean agus colaistean. Chùm grunn sgoiltean agus colaistean còmhraidhean buidhne le grunn thidsearan / òraidichean agus luchd-ionnsachaidh, agus chaidh na freagairtean sin a chur a-steach às leth na buidhne. Rinneadh anailis neo-eisimeileach air na beachdan a fhuair eadhon aig Ìre a h-Aon. Gheibhear an aithisg anailis aig: [Analysis of Phase One consultation](#).

A rèir na fianais bhon cho-chomhairle aig Ìre a h-Aon, cha robh mòran dùbhlain ann do na beachdan bunaiteach anns an dreachd Lèirsinn no anns na dreachd Prionnsapalan. Ach, bha iarrtas soilleir ann an cànan a dhèanamh nas sìmplidhe agus na h-aithrisean a bhathar a' dèanamh nas soilleire. Gus dèiligeadh ris na puingeann sin, tha sinn air cànan na Lèirsinn agus nam Prionnsapalan a shoilleireachadh agus tha sinn air an àireamh de phrionnsapalan a lùghdachadh. Tha an tionndadh as ùire den dreachd Lèirsinn agus Prionnsapalan ann gu h-ìosal. Bidh an Lèirsinn agus Prionnsapalan mar 'dhreach' gus am bi sinn air an ìre mu dheireadh den Lèirmheas a chrìochnachadh.

Chaidh an Lèirsinn agus Prionnsapalan ùraichte an uair sin a chleachdadh gus an dàrna ìre den Lèirmheas fhiosrachadh, far an deach roghainnean, a bha a rèir na Lèirsinn agus nam Prionnsapalan, a sgrùdadh.

## An dreachd làithreach den Lèirsinn agus Prionnsapalan

### Lèirsinn

Siostam theisteanasan agus measaidh in-ghabhalach agus air a meas glè mhath a tha a' brosnachadh ionnsachadh, a' cur luach air euchdan eadar-mheasgte gach neach-ionnsachaidh ann an Alba agus a' toirt taic do gach neach-ionnsachaidh le bhith a' gluasad air adhart dhan ath ìre de am beatha, gu sòisealta, gu cultarach agus gu h-eaconamach.

### Prionnsapalan

Bu chòir do shiostam theisteanasan is measaidh na h-Alba:

1. A bhith ag aithneachadh, a' cur luach ann an, agus a' brosnachadh chòraichean agus choileanaidhean gach neach-ionnsachaidh.
2. A bhith a rèir curraicealam na h-Alba agus aig an aon am a bhith a' freagairt ri feumalachdan caochlaideach an neach-ionnsachaidh fa leth agus a' chomainn-shòisealta, a' dèanamh cinnteach gum bi cùisean fàbharach agus seasmach do

luchd-ionnsachaidh, do na coimhearsnachdan aca agus dhan t-saoghal mhòr san àm ri teachd.

3. Farsaingeachd iomchaidh de dhòighean-obrach a thaobh measadh, a' gabhail a-steach tro dhòighean-obrach didseatach, a chruthachadh agus a chumail suas.

4. A bhith soilleir, cunbhalach agus air a thuigsinn gu furasta, mar phàirt de thuras ionnsachaidh fad-beatha.

5. A bhith sùbailte agus air an cumail fo ath-sgrùdadh cunbhalach, a' cleachdadh na lèirsinn agus nam prionnsapalan mar slat-tomhais a ghabhas a chleachdadh gus atharrachadh a dhearbhadh.

6. A bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile buidheann\* le ùidh sa chùis an sàs ann an co-dhùnidhean a thaobh dealbhadh, buileachadh agus cleachdadh.

\*Bu chòir seo a bhith a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh, pàrantan / luchd-cùraim, tidsearan / òraidichean, buidhnean nàiseanta, colaistean, oilthighean, fastaichean agus an roinn shaor-thoileach.

## Ìre a Dha - Roghainnean airson Atharrachadh

Thòisich Ìre 2 den Lèirmheas anns an Dàmhair 2022 agus dhùin e anns an Fhaoilleach 2023. Chaidh a' cho-chomhairle airson na h-ìre seo a dhealbh gus sgrùdadh a dhèanamh air roghainnean a chuidicheadh le bhith a' mìneachadh dòigh-obrach ùr a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh theisteanasan is measadh ann an Alba.

Bheachdaich IRG gu mionaideach air na roghainnean agus chùm iad coinneamhan leis na CCGan aca. A bharrachd air fios air ais bhon IRG, chuir cha mhòr a h-uile CCG beachdan mionaideach a-steach agus bha beagan a bharrachd air 700 freagairt dhan cho-chomhairle phoblaich air an ìre seo den obair. Mar a thachair le Ìre a h-Aon, rinneadh anailis neo-eisimeileach air na freagairtean. Thèid a h-uile freagairt co-chomhairle fhoillseachadh far an deach cead a thoirt seachad còmhla ri leth-bhreac deireannach den sgrùdadh co-chomhairleachaidh. Tha còmhraidhean anns an IRG, CCGan, coinneamhan eile air an stiùireadh leis an Neach-gairm a tha an Lèirmheas air dèanamh, agus tursan sgoile/colaiste a' moladh gu bheil co-aontachd cha mhòr uile-choitcheann ann gu bheil feum air atharrachadh ann an teisteanasan agus measadh.

Anns an Aithisg Eadar-amail seo, tha an earrann a tha a' leantainn ag aithris a-mhàin air na teachdaireachdan farsaing a thàinig a-mach às an anailis air a' cho-chomhairle. Bidh fianais nas mionaidiche anns an aithisg dheireannaich bho CCGan fa leth, bho luchd-ionnsachaidh agus pàrantan/luchd-cùraim; bhon fheadhainn a bhios a' dealbhadh, a' leasachadh agus a' tabhann theisteanasan agus an fheadhainn a bhios a' cleachdadh theisteanasan (colaistean, fastaichean, oilthighean agus an roinn shaor-thoileach).

## Co-chomhairle Ìre a Dhà – Anailis

Tha an earrann seo a' gabhail a-steach earrannan bhon mhion-sgrùdadh coileanta a sgrìobh The Lines Between. Ann a bhith a' beachdachadh air freagairtean do cho-chomhairle Ìre a Dhà, chaidh frèama a chruthachadh gus na cuspairean a chomharrachadh a rèir cho tric 's a chaidh an togail airson gach ceist a chaidh a chur:

- *Mòran chom-pàirtichean*; barrachd air aon às gach còignear, cuspair a tha cumanta
- *Grunn chom-pàirtichean*; eadar aon às gach 10 agus aon às gach còignear, cuspair a tha a' nochdadh uair is uair
- *Beagan chom-pàirtichean*; nas lugha na aon às gach 10, cuspair eile.
- *Corra dhuine*, nas lugha na aon anns gach 20, cuspair nach deach a thogail cho tric.

Tha am mion-sgrùdadh seo air a tharraing gu sònraichte bho 708 freagairtean co-chomhairleachaidh. Taobh a-staigh an t-sampaill seo, bha 526 freagairt bho dhaoine fa leth, agus 182 bho raon de bhuidhnean, a' gabhail a-steach mòran sgoiltean is cholaistean. Cha deach faighneachd de dhaoine fa-leth an e luchd-ionnsachaidh, tidsearan no pàrantan a bh' anna, ach airson adhbharan mion-

sgrùdadh chaidh roinn-seòrsa air leth de fhreagairtean Sgoilearan / Tidsearan / Sgoiltean a chruthachadh. Tha na 262 freagairt san roinn seo a' gabhail a-steach a h-uile freagairt buidhne a chur sgoiltean a-steach, a bharrachd air a h-uile freagairt fa leth a thàinig bho sheòlaidhean post-d anns a bheil Glow no iar-leasachan .sch.



Seòrsachadh an Luchd-freagairt	À=	%
Neach fa leth - gun seòrsachadh	372	53%
Freagairt Sgoilear/Tidsear/Sgoil	262	37%
Organisation:	74	10%
- Colaistean agus Oilthighean	10	1%
- Aonaidhean Ciùird agus Buidhnean Proifeiseanta	13	2%
- Buidheann Nàiseanta no Buidheann Phoblach	15	2%
- Buidheann Òigridh	9	1%
- Eile - taobh a-muigh foghlaim	8	1%
- Riaghaltas Ionadail agus Ùghdarrasan Ionadail	7	1%
- Foghlam - eile	7	1%
- Buidheann Phàrantan	3	<1%
- Neo-aithnichte	2	<1%

C1a: Am bu chòir fiosrachadh a bhith air a chruinneachadh thar nan ceithir comasan?

Fhreagair cha mhòr a h-uile neach-freagairt (96%) C1a. Am measg an fheadhainn a fhreagair, bha taic làidir ann airson a bhith a' cruinneachadh an fhiosrachaidh seo: Bha 61% ag aontachadh, 23% ag eas-aontachadh agus bha 17% mì-chinnteach.

C1b: Smaoinich mu gach fear de na comasan mu seach. Dè seòrsa fiosrachaidh a bu chòir a chruinneachadh mu adhartas agus coileanadh luchd-ionnsachaidh anns gach comas?

**Luchd-ionnsachaidh Soirbheachail** - Thug grunn luchd-freagairt fa-near gum faodar adhartas sa chomas seo a dhearbhadh tro choileanadh ann an teisteanasan cuspair.

**Daoine Mhisneachail** - Thug luchd-freagairt grunn mholaidhean seachad mu mar a chruinnicheas iad fiosrachadh co-cheangailte ris a' chomas seo, a' gabhail a-steach dleastanasan teaghlaich agus cùraim.

**Com-pàirtichean Èifeachdach** - Coltach ri Daoine Mhisneachail, mhol grunn luchd-freagairt gum faodar fianais a fhaighinn a thaobh Chom-pàirtichean Èifeachdach tro obair-cùrsa, gu sònraichte gnìomhan buidhne agus taisbeanaidhean. Bha grunn a' faireachdainn gun gabhadh fiosrachadh a chruinneachadh mu ghnìomhachdan taobh a-muigh na sgoile.

**Saoranaich Chunntachail** - Bhathar a' coimhead air Saoranaich Chunntachail mar an comas as dùbhланаiche gus fiosrachadh a chruinneachadh mu dheidhinn. Thug cuid den luchd-freagairt fa-near gur e prionnsapal subseigteach eile a tha seo, le beagan mì-chinnt ann mu dè na ceumannan a bu chòir a chleachdadh gus Saoranach Cunntachail a chomharrachadh.

**Cuspairean eile** - Thug cuid de luchd-freagairt iomradh air cho cudromach 's a tha e beachdachadh air neartan, laigsean agus suidheachadh neach-ionnsachaidh mar neach fa-leth, a' gabhail a-steach feumalachdan taic a bharrachd, duilgheadasan ionnsachaidh agus eas-bhuannachdan sòisio-eaconamach. Chuir an luchd-freagairt seo cuideam air cho cudromach 's a tha e a bhith ag aithneachadh coileanadh an luchd-ionnsachaidh air fad agus ag aithneachadh gum bi adhartas a' coimhead eadar-dhealaichte airson cuid de luchd-ionnsachaidh seach feadhainn eile. B' e cuspair eile a thog cuid den luchd-fhreagairt dragh mun bhuidhe air uallach obrach nan robh dùil gun cuireadh tidsearan ùine a bharrachd seachad a' cruinneachadh fiosrachaidh co-cheangailte ris na ceithir comasan taobh a-muigh na chaidh a chruinneachadh mar-thà airson teisteanasan cuspair.

C2: Dè am fiosrachadh, mu choileanaidhean luchd-ionnsachaidh a gheibhear taobh a-muigh na sgoile agus na colaiste a bu chòir a chruinneachadh, ma bu chòir dhuinn fiosrachadh sam bith den t-seòrsa a chruinneachadh idir? Minich an fhreagairt agad

Dh'iarr tòrr de luchd-freagairt gun rachadh fiosrachadh a chruinneachadh mu chom-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh ann an cur-seachadan taobh a-muigh na sgoile. Bha seo a' gabhail a-steach com-pàirteachadh ann an raon farsaing de chlubaidhean is chur-seachadan, a' gabhail a-steach spòrs, ceòl, dràma, ealain, bèicearachd, buidhnean òigridh leithid na Guides, Scouts and Cadets, buidhnean creideimh agus cothroman ionnsachaidh taobh a-muigh na sgoile, a' gabhail a-steach leasan ann an nuadh-chànanan. Am measg an luchd-fhreagairt seo, bha beachdan air an sgaradh gu cothromach air a' cheist am bu chòir gnìomhan

barrantaichte a-mhàin a chlàradh. Chomharraich grunn luchd-freagairt gum faodadh a bhith a' cruinneachadh fiosrachaidh mu choileanaidhean taobh a-muigh na sgoile no na colaiste leth-bhreith a dhèanamh air an fheadhainn nach biodh comasach air cur-seachadan taobh a-muigh na sgoile a dhèanamh chun na h-aon ìre ri feadhainn eile airson diofar adhbharan, a' gabhail a-steach cosgais, dìth ùine, taic phàrantan, cothrom ionadail, trioblaidean slàinte agus dleastanasan cùraim.

C3a: Am bu chòir fiosrachadh a bhith air a chruinneachadh mu sgilean agus comasan luchd-ionnsachaidh mar phàirt den ìre as Àirde aca ?

Chaidh C3a a fhreagairt le cha mhòr a h-uile neach-freagairt (96%). Am measg an fheadhainn a fhreagair bha aonta làidir gum bu chòir fiosrachadh mu sgilean agus comasan luchd-ionnsachaidh a chruinneachadh mar phàirt den ìre as Àirde aca: Bha 75% ag aontachadh, 11% ag eas-aontachadh agus bha 14% mì-chinnteach. Tha an sgrùdadh tùsail a' sealltainn aonta beagan nas àirde am measg bhuidhnean, aig 80% an taca ri 74% am measg dhaoine fa leth.

C3b: Ma tha beachdan agad air an dòigh as fheàrr gus seo a dhèanamh cuir an seo iad.

B' e am moladh a bu chumanta, air an tug mòran luchd-freagairt iomradh, gum biodh sgilean agus comasan air am fighe a-steach agus air am foillseachadh tro theisteanasan stèidhichte air cuspair. Bha e soilleir gum b' fheàrr le mòran obair-cùrsa agus measadh leantainneach, seach deuchainnean foirmeil deireadh bliadhna, gus fianais fhaighinn air sgilean agus comasan. Chomharraich cuid de luchd-freagairt dùbhlain mu bhith a' cruinneachadh fiosrachadh neo-chlaon, cothromach agus cunbhalach mu sgilean agus comasan luchd-ionnsachaidh thar diofar sgoiltean, gu sònraichte a thaobh nan seòrsaichean fiosrachaidh a bu chòir a chlàradh.

C4: Thoir dhuinn do bheachdan air cò ris a bhiodh siostam measaidh 'na b' fheàrr coltach. A bharrachd air beachdachadh air a' chothromachadh eadar sgrùdadh bhon taobh a-muigh agus measadh air an taobh a-staigh dh'fhaodadh gum biodh tu cuideachd airson beachd a thoirt seachad air tricead nan deuchainnean.

Cha robh aonta soilleir ann air cò ris a bhiodh siostam measaidh nas cothromaichte coltach. B' fheàrr le mòran chom-pàirtichean measgachadh de mheasaidhean leantainneach agus deuchainnean nas lugha, agus nas cunbhalaiche. Bha seo a' gabhail a-steach beachdan measgaichte air a' chuideam eadar measaidhean cunbhalach agus deuchainnean deireannach, a' gabhail a-steach an fheum air diofar cuideaman a bhith air an cleachdadh a rèir ìre cùrsa, m.e. Àrd-ìre vs Àrd-ìre Adhartach. Bhathar ag aithneachadh gu bheil cuid de chùrsaichean an-dràsta a' toirt aire do mheasadh leantainneach còmhla ri deuchainnean, leithid Àrd-Ìre agus Àrd Ìre Adhartach ann am Beurla, agus bha roghainnean measgaichte gun aonta soilleir

a thaobh am bu chòir na cùrsaichean sin a chumail mar a tha iad, no an atharrachadh.

Dh'iarr mòran cuideachd gun rachadh cur às do dheuchainnean deireadh-bliadhna gu tur, agus thug iad taic do mheasadh nas cunbhalache no leantainniche mar roghainn eile. Bha cuid eile a' toirt taic do bharrachd dheuchainnean, nas lugha, a' tachairt aig amannan cunbhalach, leithid deireadh teirm, deireadh cuspair, gach mìos no gach seachdain. Rinn cuid den luchd-fhreagairt an argamaid gur e droch thomhas de chomasan luchd-ionnsachaidh a th' ann an deuchainnean. Thuirt iad gum faodadh nach coileanadh an luchd-ionnsachadh a rèir an comasan air an latha no gum faodadh dragh air latha an deuchainn bacadh a chur air coileanadh air an luchd-ionnsachaidh. Air an làimh eile, thug cuid den luchd-fhreagairt taic do structar làithreach nan deuchainnean agus iad a' faireachdainn gun robh deuchainnean cothromach, gu bheil a' cur luach air teisteanasan, agus gu bheil deuchainnean deireannach a' leigeil le oileanaich teisteanas aithnichte fhaighinn.

Mhol grunn luchd-freagairt grunn sheòrsaichean measaidh eile a ghabhadh cleachdadh. Bha iad sin a' gabhail a-steach: deuchainnean leabhraichean fosgailte, deuchainnean beòil, measaidhean practaigeach, pròiseactan buidhne, pròiseactan fad-ùine, measaidhean ioma-roghainn, agus taic airson portfoliothan a chruthachadh gus obair a rinneadh thar ùine fhada a mheasadh. Chaidh deuchainnean didseatach no air-loidhne a chomharrachadh mar dhòigh gus uallach obrach a riaghladh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil cunbhalachd ann a thaobh ceartachadh. Chuir grunn luchd-freagairt am beachd air adhart gum bu chòir an seòrsa measaidh a bhith a rèir a' chùrsa, a' chuspair no slighe foghlaim an neach-ionnsachaidh.

Thug cuid de luchd-freagairt iomradh air tricead nan deuchainnean. Bha seo a' gabhail a-steach roghainn airson deuchainnean nach biodh cho tric thairis air ÀS4-ÀS6, i.e. dhà seach trì deuchainnean thar nan trì bliadhna. Chomharraich beagan dhiubh cho dian 's a tha daithead nan deuchainnean, agus iad a' moladh nach robh ùine gu leòr ann eadar deuchainnean, ge b' e an ann air an taobh a-staigh no air an taobh a-muigh a bha iad, gus leigeil le oileanaich ionnsachadh, sgrùdadh no amannan a bhith aca le nas lugha de stress. Thog cuid den luchd-fhreagairt gun robh e gu sònraichte mi-fhòrtanach nach robh deuchainn Nàiseanta 4 ann. Chuir iad an cèill gum b' fheàrr leotha deuchainn, ag ràdh gu bheil dìth deuchainn air luach a' chùrsa a lùghdachadh ann an sùilean an luchd-fastaidh agus air oileanaich fhàgail gun ullachadh airson Nàiseanta 5 nan leanadh iad orra. Chaidh seo a ràdh na bu thrice a thaobh Matamataig aig ìre Nàiseanta 4.

Thog grunn luchd-freagairt draghan mu chunbhalachd agus cothromachd nan rachadh mheasaidhean air an taobh a-staigh a-mhàin a chleachdadh. Bha cuid a' faireachdainn gun robh e a' toirt air falbh bho luach air teisteanas a chionn 's gum biodh e a' ciallachadh nach robh cunbhalachd nàiseanta aig a' chomharrachadh agus gun robh e fosgailte do chlaonadh comharrachaidh.

A thaobh mheasaidhean air an taobh a-staigh, bha dragh air cuid mun chuideam a bharrachd a chuireadh e air tidsearan a thaobh ùine agus goireasan a bhiodh a dhith gus measaidhean a cheartachadh.

Chomharraich fastaichean a bha an sàs ann an deasbad CCG nach robh beachd làidir aca am bu chòir deuchainnean air an taobh a-staigh no taobh a-muigh a bhith ann ach gun robh feum aca air dearbhadh gun rachadh inbhean a chumail suas.

C5: Thoir dhuinn do bheachdan (na buannachdan/eas-bhuannachdan) air a' bheachd coileanadh, teisteanas no duais a thoirt a-steach aig deireadh an Foghlaim Fharsaing Choitcheann.

Mhol grunn luchd-freagairt gum faodadh am moladh seo barrachd fòcas a bhrosnachadh am measg luchd-ionnsachaidh ann am Foghlam Farsaing Coitcheann (BGE). Dh'fhaodte gun obraicheadh luchd-ionnsachaidh na bu chruaidhe aig an ìre seo ma tha fios aca gum biodh coileanadh, duais no teisteanas aca mar thoradh air seo. San aon dòigh, bha cuid a' faireachdainn gum faodadh e fòcas thidsearan air BGE àrdachadh ma tha luchd-ionnsachaidh ag obair a dh'ionnsaigh coileanadh, duais no teisteanas. B' e cuspair eile a nochd gu tric an cothrom fianais a thoirt dhan a h-uile neach-ionnsachaidh air na sgilean aca, a dh'fhaodadh a bhith gu sònraichte buannachdail dhaibhsan a dh'fhaodadh nas lugha de theisteanasan acadaimigeach fhaighinn.

B' e an argamaid as cumanta an aghaidh a' mholaidh, a chuir grunn luchd-freagairt air adhart, an cuideam a dh'fhaodadh e cur air tidsearan gus targaidean coileanadh ann am BGE a ruigsinn agus gum biodh coimeas air a dhèanamh le toraidhean aig sgoiltean eile tro chlàran lìg. Mar an ceudna, thug cuid iomradh air dìth ùine agus goireasan luchd-teagaisg gus coileanadh, duais no teisteanas a rianachd am measg curraicealam a bha mar-thà loma-làn.

C6: Thoir dhuinn do bheachdan (na buannachdan/eas-bhuannachdan) air a' bheachd seòrsa de theisteanas fàgail a thoirt a-steach aig an ìre as Àirde.

Bha a' mhòr-chuid a' toirt taic dhan mholadh seo. Chuireadh grunn luchd-freagairt fàilte air teisteanas fàgail a bhiodh ag aithneachadh raon nas fharsaing de choileanaidhean, sgilean agus chomasan aig luchd-ionnsachaidh na chithear san t-siostam theisteanasan is measaidh làithreach. Thug luchd-freagairt fa-near gun toireadh teisteanas fàgail clàr nas coileanta de choileanaidhean neach-ionnsachaidh. B' e cuspair eile a bha tric a' nochdadh, air an tug grunn luchd-freagairt iomradh, gun toireadh teisteanas fàgail fiosrachadh feumail do luchd-fastaidh agus oilthighean mu sgilean, comasan agus coileanadh an luchd-ionnsachaidh. San aon dòigh, bha grunn luchd-freagairt a' faireachdainn gun cuidicheadh e luchd-ionnsachaidh gus euchdan a chomharrachadh a chuireadh air na cunntasan-beatha aca agus air na tagraidhean UCAS aca.

Rinn grunn luchd-freagairt an argamaid gum faodadh am moladh seo cuideam a bharrachd a chur air ùine luchd-obrach na sgoile nam biodh dùil ann gun chruinnicheadh iad fianais airson an teisteanais. Am measg nan cuspairean a bha a' nochdadh a-rithist is a-rithist bho ghrunn luchd-freagairt, bha teagamhan a thaobh na ceiste am biodh teisteanas fàgail luachmhor do luchd-fastaidh agus solaraichean foghlam adhartach mura toireadh e seachad fiosrachadh a tha cuideachail dhaibh - mar eisimpleir ann a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean fastaidh is inntrigidh - agus mur eil e ri fhaighinn an àite eile.

C7: Ciamar a bu chòir do shiostam teisteanasan agus measaidh na h-Alba am feum as fheàrr a dhèanamh de theicneòlasan didseatach?

Mhol grunn luchd-freagairt àrd-ùrlar didseatach a chruthachadh gus sgilean agus coileanadh luchd-ionnsachaidh a chlàradh, is dòcha a' cleachdadh ghòireasan a th' ann mar-thà, leithid Glow agus My World of Work. B' e beachd eile a chuir grunn luchd-freagairt air adhart a bhith a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh obair cùrsa a chur a-steach air-loidhne. Thuir cuid den luchd-fhreagairt gun robh feum air stiùireadh nàiseanta gus cunbhalachd a bhrosnachadh ann an cleachdadh theicneòlasan didseatach air feadh na h-Alba.

Thugadh fa-near cuideachd do na buannachdan bho bhith a' cleachdadh theicneòlasan didseatach; chomharraich grunnan na buannachdan do luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taic a bharrachd nach eil daonnan cho math air deuchainnean làmh-sgrìobhte. Ged a bha co-aontachd ann gu ìre mhòr airson a bhith a' cleachdadh theicneòlasan didseatach, chomharraich luchd-freagairt grunn bhacaidhean air am feumar aghaidh a chur. Gu cumanta, chomharraich mòran luchd-freagairt ruigsinneachd neo-ionann air innealan didseatach mar bhacadh air cleachdadh theicneòlasan didseatach ann an teisteanasan agus measadh, gu sònraichte am measg luchd-ionnsachaidh bho chùl-raointean nach robh cho beairteach.

C8: Ciamar a nì sinn cinnteach gun seas molaidhean airson siostam theisteanasan san àm ri teachd còraichean an luchd-ionnsachaidh air fad gus an coileanadh a thaisbeanadh?

Mar bu trice, chomharraich mòran luchd-freagairt dòighean-teagaisg agus measaidh sùbailte mar dhòigh air diofar fheumalachdan agus stoidhlichean ionnsachaidh a shàsachadh am measg an luchd-ionnsachaidh air fad. Am measg nam molaidhean bha a bhith a' toirt comas do luchd-ionnsachaidh diofar dhòighean measaidh a thaghadh (mar eisimpleir, labhairteach no sgrìobhte, didseatach no pàipear) a rèir an roghainnean. Bha beagan eus-aonta ann mu cho cudromach 's a tha deuchainnean. Dh'iarr cuid den luchd-fhreagairt gum biodh fòcas nas lugha air deuchainnean deireadh bliadhna agus barrachd fòcais air obair-cùrsa no measadh leantainneach. Ach, bha beagan a' faireachdainn gu bheil deuchainnean a tha air am measadh bhon taobh a-muigh nas dualtaiche còraichean luchd-ionnsachaidh a chumail suas le bhith a' toirt air falbh comas sam bith airson claonadh mothachail no neo-mhothachail ann an ceartachadh.

B' e moladh eile a rinn grunn luchd-freagairt am feum air barrachd standardachd agus cunbhalachd thar sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail, ge b' e cho mòr 's a tha iad, far a bheil iad, agus am pròifil sòisio-eaconamach aca. Bha seo gu sònraichte a' cuimseachadh air cothrom cunbhalach air cuspairean ach bha e cuideachd a' gabhail a-steach cunbhalachadh a thaobh goireasan agus roghainnean measaidh.

C9: A bheil rud sam bith eile a bu mhath leat togail an co-cheangal ri ath-leasachadh theisteanasan agus measaidh air nach deach iomradh a thoirt sa cho-chomhairle seo?

Bheachdaich cuid den luchd-fhreagairt air an dòigh-obrach a bu chòir a chleachdadh gus lèirsinn a stèidheachadh airson siostam theisteanasan is measaidh na h-Alba. Ach bha sgaradh bheachdan ann eadar an fheadhainn a bha den bheachd gun robh atharrachadh mòr a dhìth sa bhad agus an fheadhainn a bha ag iarraidh dòigh-obrach mean air mhean nas slaodaiche. Bha cuid ag iarraidh barrachd co-obrachaidh eadar sgoiltean, colaistean agus oilthighean. Am measg nam beachdan bha co-dhealbhadh curraicealaman chuspairean gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a rèir feumalachdan foghlam adhartach, barrachd co-thaobhadh eadar an fhianais a chruinnichear an dà chuid ann an sgoiltean agus colaistean, agus a' cruthachadh cheanglaichean nas sùbailte eadar sgoiltean agus colaistean gus luchd-ionnsachaidh le ùidh ann an slighe dreuchdail leithid bun-phreantasachdan a chuideachadh.

Co-dhùnadh: Cuspairean a' tighinn a-mach à co-chomhairle ann an Ìrean a h-Aon is a Dhà. Sheall a' cho-chomhairle air an Lèirsinn agus na Prionnsabalan gun robh co-aontachd a' tighinn am bàrr. Is e an lèirsinn airson siostam teisteanais is measaidh ann an Alba san àm ri teachd: Siostam theisteanasan agus measaidh in-ghabhalach agus air a meas glè mhath a tha a' brosnachadh ionnsachadh, a' cur luach air euchdan eadar-mheasgte gach neach-ionnsachaidh ann an Alba agus a' toirt taic do gach neach-ionnsachaidh le bhith a' gluasad air adhart dhan ath ìre de am beatha, gu sòisealta, gu cultarach agus gu h-eaconamach.

**Tha na Prionnsabalan nam frèam airson a bhith a' dealbhadh siostam theisteanasan is measaidh sam bith san àm ri teachd. Bu chòir dha a bhith:**

- Ag aithneachadh, a' cur luach ann an, agus a' brosnachadh chòraichean agus choileanaidhean gach neach-ionnsachaidh.
- A bhith a rèir curraicealam na h-Alba agus aig an aon am a bhith a' freagairt ri feumalachdan caochlaideach an neach-ionnsachaidh fa leth agus a' chomainn-shòisealta, a' dèanamh cinnteach gum bi cùisean fàbharach agus seasmhach do luchd-ionnsachaidh, do na coimhearsnachdan aca agus dhan t-saoghal mhòr san àm ri teachd.
- Farsaingeachd iomchaidh de dhòighean-obrach a thaobh measadh, a' gabhail a-steach tro dhòighean-obrach didseatach, a chruthachadh agus a chumail suas.
- A bhith soilleir, cunbhalach agus air a thuigsinn gu furasta, mar phàirt de thuras ionnsachaidh fad-beatha.
- A bhith sùbailte agus air an cumail fo ath-sgrùdadh cunbhalach, a' cleachdadh na lèirsinn agus nam prionnsapalan mar slat-tomhais a ghabhas a chleachdadh gus atharrachadh a dhearbhadh



- A bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile buidheann\* le ùidh sa chùis an sàs ann an co-dhùnaidhean a thaobh dealbhadh, buileachadh agus cleachdadh.

Thèid a' chiad ceithir puingeann peileir a chleachdadh mar bhunait airson co-chomhairle ann an Ìre a Trì den Lèirmheas seo. Is iad sin na slatan-tomhais a bu chòir dealbhadh agus leasachadh a' mhodail dhan àm ri teachd fhiosrachadh.

Thug a' cho-chomhairle ann an Ìre a Dhà sealladh dhuinn air paramadairean a' mhodail.

Bha barrachd farsaingeachd sna bheachdan ann an Ìre a Dhà na anns na freagairtean dhan Lèirsinn agus do na Prionnsabalan. San earrainn seo, thathar ag aithris air na beachdan as cumanta.

- Bu chòir dhan t-siostam theisteanasan san àm ri teachd a bhith a' gabhail a-steach fianais mu choileanaidhean ann an cuspairean fa leth ach bu chòir dha a dhol nas fhaide na seo gus taobhan eile den Churraicealam airson Sàr-mhathais a ghabhail a-steach.
- Bu chòir dhan t-siostam san àm ri teachd beachdachadh air raon nas farsainge de dhòighean air fianais a chruinneachadh co-cheangailte ri cuspairean/prògraman fa leth a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, obair pròiseict, measadh tidseir/òraidiche, deuchainnean, gnìomhan leabhraichean fosgailte, deuchainnean deireadh modail, deuchainnean beòil, measaidhean didseatach, fianais tro dhealbhan-camara no bhidio. Bu chòir nas lugha de dheuchainnean a bhith ann ach bha eileamaid bhon taobh a-muigh ann am measadh gu tric na fheart cudromach den inbhe aig coileanadh.
- Feumaidh an siostam a bhith sùbailte gu leòr gus aithneachadh gu bheil coileanaidhean airson luchd-ionnsachaidh fa leth gu tric gu math eadar-dhealaichte agus gum feumar gabhail ris a sin ma tha e gu bhith in-ghabhalach. San àm ri teachd, dh'fhaodadh seo cuideachd a bhith a' gabhail a-steach a bhith a' leigeil le luchd-ionnsachaidh diofar dhòighean a thaghadh airson an cuid coileanaidh a thaisbeanadh.
- Bu chòir fiosrachadh mu sgilean luchd-ionnsachaidh a chruinneachadh mar phàirt de theisteanasan
- Bu chòir an dàimh eadar prògraman acadaimigeach agus dreuchdail a bhith amalaichte nas fheàrr agus bu chòir ath-bheachdachadh air a' bhriathrachas 'acadaimigeach' agus 'dreuchdail'
- Bu chòir cothrom a bhith aig luchd-ionnsachaidh fianais a chruinneachadh mu choileanaidhean taobh a-muigh curraicealaim a' chuspair/a' phrògram. Bu chòir iad sin a bhith air am mìneachadh gu farsaing gus leigeil leotha ùidhean

luchd-ionnsachaidh eadar-dhealaichte a nochdadh taobh a-staigh agus taobh a-muigh suidheachaidhean foghlaim ach bu chòir còir a bhith aig gach neach-ionnsachaidh air cothroman a leigeadh leotha coileanaidhean a thaisbeanadh.

- Bu chòir dòighean so-ghiùlain airson a bhith a' co-roinn agus a' brosnachadh cunbhalachd inbhean a bhith mar phàirt de shiostam teisteanais sam bith gus dèanamh cinnteach gu bheil an siostam cothromach agus gu bheil creideas ga chur ann.
- Bu chòir seòrsa de theisteanas fàgail a bhith ann gus clàr nas coileanta a thoirt seachad de choileanaidhean neach-ionnsachaidh. Bheireadh seo bunait fianais do luchd-ionnsachaidh, m.e., gus cunntas-beatha a thogail, agus bheireadh e fianais nas fheàrr do cholaistean, fastaichean agus oilthighean agus dh'fhaodadh e a bhith na bhunait airson pròifil ionnsachadh fad-beatha
- Is iad modhan measaidh didseatach an t-slighe air adhart. Bu chòir pròifil/teisteanas fàgail a bhith didseatach ged a bha draghan ann mu chomas nan siostaman làithreach. Bu chòir deuchainnean cuideachd a bhith didseatach san àm ri teachd.
- Feumaidh molaidhean sam bith a bhith comasach air cur an gnìomh agus mar sin chan urrainnear dìreach an cur ri uallach obrach làithreach nan tidsearan. Feumar beachdachadh gu faiceallach air buaidh phractaigeach nam molaidhean.

Tha e inntinneach toirt fa-near gu bheil mòran de na cùisean a chaidh a thogail mar fhreagairt dhan dàrna ìre den cho-chomhairle seo co-ionann ris na rùintean tùsail aig CfE. Bha an t-amas a bhith a' nochdadh raon nas fharsainghe de choileanadh luchd-ionnsachaidh, am miann àireamh nan deuchainnean a nì luchd-ionnsachaidh fa leth a lùghdachadh, agus gun a bhith a' toirt a-steach measadh a bheireadh buaidh mhòr aig àm ro thràth sa phròiseas ionnsachaidh uile nan miannan airson CfE, m.e. mar a tha mìnichte ann an Building the Curriculum 3, (2008) a tha ag ràdh “Cha bu chòir taisbeanadh tràth sam bith a bhith ann airson deuchainnean ach a-mhàin ann an suidheachaidhean sònraichte agus air leth”.

Tha raon coitcheann eile ri lorg anns a' mhiann thùsail aig CfE a bhith a' tabhainn raon nas fharsainghe de dhòighean-obrach gus fianais a chruinneachadh, m.e., tha Building the Curriculum 5, (2011) a' toirt fa-near- “Bu chòir do luchd-ionnsachaidh a bhith an sàs anns gach taobh de phròiseasan measaidh agus a bhith a' faighinn eileamaid de roghainn agus pearsanachadh ann a bhith a' sealltainn gu bheil iad air na builean a bha san amharc a choileanadh.”.

Chaidh an fhianais bho Ìrean Aon is Dhà a chleachdadh a-nis gus dealbhadh a' mhodail fhiosrachadh a thèid a chleachdadh mar bhunait na co-chomhairle airson Ìre a Trì le coimhearsnachdan air feadh na h-Alba. Ach, leis nach deach na beachdan anns an dreach thùsail de CfE a chur an gnìomh mar chleachdadh, nì co-chomhairle

Ìre a Tri sgrùdadh air na gnìomhan practaigeach a bu chòir tachairt ma tha na beachdan gu bhith soirbheachail ann an cleachdadh.

## Ìre a Trì - Modail airson Atharrachadh

Tachraidh Ìre a Trì sa Mhàrt 2023. Tha an ìre seo den obair air a dhealbhadh gus deuchainn a dhèanamh, tro cho-chomhairle, air modal a dh'fhaodadh a bhith ann airson teisteanas agus measaidhean, a bhios a' togail air an fhianais bho Ìrean a h-Aon is a Dhà den phròiseas lèirmheis. Feuchadh Ìre a Trì cuideachd ri builean gun dùil sam bith a dh'fhaodadh a bhith ann a chomharrachadh agus gus aontachadh air gnìomhan lasachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann.

Bithear a' sireadh bheachdan air an dreachd mhodail tro na CCGan, buidhnean deasbaid co-cheangailte, tro sgoiltean agus colaistean agus tro ghrunn choinneamhan eile. Bidh an ìre seo cuideachd a' cuimseachadh air a' bhuidhe phractaigich a thaobh atharrachadh, a' gabhail a-steach ceumnachadh agus na taic a tha a dhìth air luchd-ionnsachaidh, pàrantan, sgoiltean is colaistean, fastaichean agus oilthighean ma tha atharrachadh gu bhith soirbheachail.

Am measg nam prìomh raointean a thathar a' sgrùdadh an-dràsta ro Ìre a Trì agus mar phàirt e dhòigh-obrach ùr a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh theisteanas is measaidh, tha (thoir an aire gur e tiotalan obrach seach teirmean aontaichte a th' anns na teirmean a thathar a' cleachdadh airson cunntas a thoirt air gach pàirt den teisteanas ùr a thathar a' moladh):

- **Cuspairean agus Prògraman Ionnsachaidh:** Cuspairean cùrsaichean agus slighean ionnsachaidh fa leth. Tha iad sin ann mar-thà agus thathar den bheachd gur iad fòcas an t-siostam teisteanais làithrich. Ach, sa mhodail ùr, bhiodh cùrsaichean/prògraman leantainneach thar dà bhliadhna. Bithear a' coimhead cuideachd air dòighean a bharrachd gus fianais a chruinneachadh nach eil cho builteach a bhith a' faighinn an uiread de fhreagairtean formulach. Tha beachd làidir ann gu bheil cus cuideam air a bhith a' cruinneachadh fianais mu choileanaidhean ann an cuspairean. Ged a tha cuspairean fa leth na phàirt dheatamach de dh'fhoghlam, anns a' mhodail ùr bhiodh raointean eile de CfE air an aithneachadh mar raointean a tha a cheart cho cudromach.
- **Ionnsachadh ann an co-theacsa / ionnsachadh eadar-chuspaireil:** Tha am modail ùr ag aithneachadh cho cudromach 's a tha ionnsachadh sa chomann-shòisealta thar diofar raointean den churraicealam agus a' moladh eileamaid eadar-chuspaireil a thoirt a-steach dhan teisteanas. Bhiodh seo na dhòigh-obrach stèidhichte air pròiseict far an rachadh fianais a chruinneachadh stèidhichte air coileanadh thar eòlas, sgilean agus comasan gu gnìomhach. Airson cuid de luchd-ionnsachaidh, dh'fhaodadh gum biodh fòcas aig seo air dùbhlann cruinneil, m.e. atharrachadh na gnàth-shìde, imrich no ceartas sòisealta. Na seòrsaichean ionnsachaidh a tha luchd-ionnsachaidh air comharrachadh a tha fìor inntinneach dhaibh agus a tha iad a' faicinn deatamach airson a' chomainn-shòisealta san àm ri teachd. Airson cuid de luchd-ionnsachaidh eile, dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach conaltradh no siubhal neo-eisimeileach. Dh'aithnicheadh seo cuideachd mar a tha sgilean agus comasan a' sìor-fhàs nas cudromaiche do luchd-ionnsachaidh san àm ri teachd. Tha iomadh frèama sgilean eadar-dhealaichte an sàs ann an Alba aig an àm seo. Bhiodh frèama sgilean singilte na bu chuideachaile. Bhiodh sgrùdaidhean eadar-chuspaireil na prìomh eileamaid

de theisteanas farsaing. Ach, ged a tha mòran sgoiltean is cholaistean an sàs ann am pròiseactan agus prògraman mar seo mar-thà, tha an Lèirmheas ag aithneachadh gum feum an clàr-ama airson a' phàirt seo den phròifil theisteanasan beachdachadh faiceallach agus taic shònraichte.

- **Slighe-ionnsachaidh Pearsanta:** An seo tha cothroman aig luchd-ionnsachaidh taobhan den eòlas aca a thaghadh a tha a' nochdadh an cuid ùidhean, m.e., ann an dràma, ceòl, spòrs, dèanamh fhilmichean no togail dhealbhan; na tha iad a' cur ris a' chomann-shòisealta, m.e., a' toirt taic do chloinn òga a bhith a' leughadh no ann an spòrs, no a' toirt taic do bhuill den choimhearsnachd aca fhèin no a bhith a' gabhail dreuchd ceannardais ann an gnìomhachd sgoile no colaiste; agus na gnàth-eòlasan a dh'fhaodadh a bhith aca a chuidicheadh gus na miannan dreuchdail aca fhiosrachadh, m.e. ann an cosnadh no mar luchd-tionnsgain agus a chuireas ris an tuigse aca air saoghal na h-obrach.

Bhiodh seo a rèir còmhraidh le gach neach-ionnsachaidh. Ach, bhiodh feartan aice sa chumantas. Anns an t-slighe phearsanta aca, bhiodh gach neach-ionnsachaidh a' toirt seachad fiosrachadh air gnìomhachd shòisealta, chultarail agus eaconamach. A-rithist, dh'fhaodadh seo a bhith na phrìomh eileamaid de theisteanas farsaing.

Aig Ìre a Trì cumaidh an IRG agus na CCGan orra a' rannsachadh raon de phrìomh chùisean a' gabhail a-steach:

- Cruthachadh teisteanais iomlan no teisteanas ceumnachaidh a bhiodh air a dhealbhadh gus a bhith a' gabhail a-steach cothrom creideasan a thogail thar ùine agus a bheireadh diofar dhòighean ionnsachaidh còmhla.
- An cothromachadh eadar measadh a-staigh agus a-muigh taobh a-staigh siostam ùr, le deuchainean fhathast a bhith nam pàirt den dòigh-obrach, far an gabh sin dèanamh.
- Mar as urrainnear na tairgsean 'acadaimigeach' agus 'dreuchdail' amalachadh nas fheàrr, agus an cànan a bu chòir cleachdadh gus bruidhinn air cùrsaichean agus prògraman.
- An comas a bhiodh aig pròifil ionnsachaidh didseatach gus fianais a chruinneachadh gu h-èifeachdach.
- Dè na h-atharrachaidhean a dh'fhaodar moladh dhan t-siostam foghlaim san fharsaingeachd gus taic a thoirt do dh'ath-leasachadh Theisteanasan is Measadh san àm ri teachd

A bharrachd air an sin, beachdaichidh an IRG agus na CCGan air taobhan den cho-chomhairle ann an Ìre a Dhà far nach robh sealladh soilleir ann, m.e., am bu chòir no nach bu chòir duais a bhith ann aig deireadh Foghlam Farsaing Coitcheann.

## Pàirt 2 – Modail ùr airson Teisteanasan agus Measadh

### Dreach Modail Theisteanasan is Measaidh

Bhon chiad choinneimh aige tha an IRG air a bhith ag obair a dh'ionnsaigh an amais modail ùr a chomharrachadh airson Theisteanasan is Measadh, a bhios a rèir feumalachdan luchd-ionnsachaidh na h-Alba ann an Alba san 21mh linn. Tha Ìre a h-Aon agus Ìre a Dhà air bunait a thoirt seachad airson na treas ìre agus na h-ìre mu dheireadh seo. Aig deireadh Ìre a Trì, bheir an Lèirmheas sreath de mholaidhean do Rùnaire a' Chaibineit a tha pragmatach agus air an cur an cèill a thaobh gnìomhan geàrr-ùine, meadhan-ùine agus fad-ùine.

Mar a chaidh a chomharrachadh na bu tràithe, tha sinn den bheachd gu bheil atharrachadh deatamach gus nach bi luchd-ionnsachaidh na h-Alba air dheireadh air càch agus dùthchannan eile a' gabhail ri modhan measaidh cruthachail is ùr a tha nas iomchaidh dhan t-saoghal sa bheil sinn beò. Bidh na molaidhean againn air an dealbhadh gus togail air na h-amasan tùsail aig CfE agus molaidh sinn modail de dh'atharrachaidh a bheir barrachd saorsa do luchd-ionnsachaidh raon iomlan de choileanaidhean a thaisbeanadh agus a bhios cuideachd a' toirt feart air eallach obrach thidsearan. Tha sinn gu math mothachail air a' chuideam a tha air daoine òga mu dheuchainnean cudromach ann an sgoiltean agus gu bheil an "cabhag dà theirm" airson a' mhòr-chuid de dheuchainnean fhathast ann is nach eil seo iomchaidh.

A' togail air an fhianais a fhuair sinn gu ruige seo a' gabhail a-steach freagairtean co-chomhairle; tha sinn a' creidsinn gu bheil sinn a-nis ann an suidheachadh làidir gus na leanas a mholadh mar phàirt den dòigh-obrach ùr a dh'fhaodadh a bhith ann. (Thoir an aire gu bheil briathrachas sam bith a thèid a chleachdadh gu h-ìosal airson adhbharan mìneachaidh a-mhàin agus gun tèid ùrachadh às ùr a rèir nam freagairtean agus fios air ais eile a thèid a chruinneachadh mar phàirt de Ìre a Trì den Lèirmheas).

- Lùghdachadh susbainteach ann am measadh bhon taobh a-muigh, a' gabhail a-steach deuchainnean, thar na h-ìre as àirde.
- Amalachadh nas fheàrr agus nas soilleire de theisteanasan acadaimigeach agus dreuchdail.
- Leudachadh air an fhianais a chruinneachair tron Ìre as Àirde a' gabhail a-steach com-pàirteachasan sgoile is colaiste gus sgilean agus comasan eile a ghabhail a-steach (faic am modail gu h-ìosal). Dh'fhaodadh trì eileamaidean a bhith anns na teisteanasan – cuspair, slighean pearsanta agus ionnsachadh ann an co-theacsa.
- Cruthachadh bun-structair didseatach leasaichte a bheir comas do mheasaidhean didseatach a chleachdadh agus a bheir taic cuideachd do luchd-ionnsachaidh na coileanaidhean aca a chruinneachadh agus a thaisbeanadh gu cunbhalach ge b' e bith dè an suidheachadh foghlaim anns a bheil iad

stèidhichte. Bidh fòcas nas motha air measaidhean didseatach a bhios a rèir an ionnsachaidh a nì iad, agus do chuid, nì e ceangal nas fheàrr le saoghal na h-obrach agus cùrsaichean colaiste/oilthigh a bharrachd. Cuidichidh a bhith a' cruthachadh pròifil dhidseatach luchd-ionnsachaidh gus meòrachadh air an cuid ionnsachaidh agus cuidichidh e le bhith a' togail cultar de roghainnean luchd-ionnsachaidh. Dh'fhaodadh an taobh seo den mholadh a bhith air a dhèanamh nas fhasa nam biodh bun-structar didseatach nàiseanta aig Alba.

- Teisteanas Fàgail aig an Ìre as Àirde, a' gabhail a-steach com-pàirteachasan sgoile is colaiste - tha com-pàirteachadh Ìre a Trì cuideachd a' togail air Aithisg Stobart ann an 2021 le bhith a' moladh gun tèid teisteanas fàgail a chruthachadh mar dhòigh air barrachd thaobhan ionnsachaidh a tharraing ri chèile ann an aon chruth. Tha sinn den bheachd gu bheil seo ro-chudromach oir gabhaidh farsaingeachd de dhòighean-ionnsachaidh aithneachadh, a chur air adhart agus chuirear barrachd suim annta tro seo. Cuidichidh an dòigh-obrach seo neach-ionnsachaidh gus na sgilean agus an coileanadh aca fhèin a chur an cèill agus aig an aon àm bheir e cothrom do luchd-cleachdaidh theisteanasan, luchd-fastaidh agus ionadan foghlaim adhartach is àrd-ìre tuigse nas fheàrr fhaighinn air an neach fa leth.

Is e ar n-amas dòigh-obrach a thabhann a bheir toradh nas fheàrr dhan luchd-ionnsachaidh air fad. Le bhith a' tabhann raon nas fharsaing de dhòighean do luchd-ionnsachaidh gus euchdan a thaisbeanadh, a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh dùbhlain chruinneil no ionadail a rannsachadh ann an raointean anns a bheil ùidh aca, agus le bhith a' lùghdachadh na h-àireimh de dheuchainnean cudromaiche a tha ag adhbhrachadh iomagain do mhòran. San àm ri teachd, is dòcha, a bhith a' toirt a-steach ìre de roghainn ann an cruth a' mheasaidh airson teisteanais.

Seo cuid de na raointean air am beachdaich sinn sa cho-chomhairle aig Ìre a Trì. Ma tha taic fharsaing ris a' bheachd seòrsa teisteanas fàgail a chruthachadh, tòisichidh sinn air beachdachadh nas mionaidiche a dhèanamh air gach taobh den mholadh agus às a sin tòisichidh sinn air an aithisg dheireannach a dhreachdadh.

Thèid an aithisg dheireannach agus molaidhean an Lèirmheis Neo-eisimeileach air Teisteanasan is Measadh san Àm ri Teachd a chur a-steach gu Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean ro dheireadh a' Chèitein 2023.

## Iomraidhean

Hayward, L. agus Spencer, E. (2010) The complexities of change: formative assessment in Scotland, Curriculum Journal, 21:2, 161-177

Morgan, A (2020) Support for Learning: All our Children and All their Potential. Ri fhaighinn aig: [Support for Learning: All our Children and all their Potential \(www.gov.scot\)](#) [Air ruigsinn 15/02/2023]

Muir, K. (2022) Putting Learners at the Centre: Towards a Future Vision for Scottish Education. Ri fhaighinn aig: Ann am [Putting Learners at the Centre](#), Caibideil 5: [Towards a Future Vision for Scottish Education - gov.scot \(www.gov.scot\)](#) [Air ruigsinn 15/02/2023]

OECD (2021) Scotland's Curriculum for Excellence Into the Future. Ri fhaighinn aig: [Scotland's Curriculum for Excellence : Into the Future | Implementing Education Policies | OECD iLibrary \(oecd-ilibrary.org\)](#) [Air ruigsinn 15/02/2023]

OECD (2021) Upper-secondary education student assessment in Scotland

A comparative perspective. Ri fhaighinn aig: [Upper-secondary education student assessment in Scotland : A comparative perspective | OECD Education Working Papers | OECD iLibrary \(oecd-ilibrary.org\)](#) [air fhaicinn 15/02/2023]

Leasachadh Sgilean na h-Alba (2022) Careers by design. Ri fhaighinn aig: [career\\_review\\_main\\_report.pdf \(skillsdevelopmentscotland.co.uk\)](#) [Accessed 15/2/2023]

Leasachadh Sgilean na h-Alba (2018) Skills 4.0 A Skills model to drive Scotland's future. Ri fhaighinn aig: [skills-40\\_a-skills-model.pdf \(skillsdevelopmentscotland.co.uk\)](#) [Air ruigsinn 15/02/2023]

Riaghaltas na h-Alba (2022) Scotland's National Strategy for Economic Transformation (2022) Ri fhaighinn aig: [Scotland's National Strategy for Economic Transformation - gov.scot \(www.gov.scot\)](#) [Air ruigsinn 15/02/2023]



Riaghaltas na h-Alba, Building the Curriculum 5 ri fhaighinn aig: [BtC5 Framework \(education.gov.scot\)](https://www.education.gov.scot/curriculum/5) [Air ruigsinn 15/02/2023] (2011)

Riaghaltas na h-Alba, Building the Curriculum 3(2008) ri fhaighinn aig: [Building the Curriculum 3: A Framework for Learning and Teaching \(education.gov.scot\)](https://www.education.gov.scot/curriculum/3) [Air ruigsinn 15/02/2023]

The Independent Review of Skills Delivery Landscape – fiosrachadh ri fhaighinn aig: [career\\_review\\_main\\_report.pdf \(skillsdevelopmentscotland.co.uk\)](https://www.skillsdevelopmentscotland.co.uk/career-review-main-report.pdf) [Air ruigsinn 15/02/2023]

An Deasbad Nàiseanta – tha fiosrachadh ri fhaighinn aig: [National Discussion Scottish Education - Scottish Government - Citizen Space \(consult.gov.scot\)](https://www.consult.gov.scot/national-discussion-scottish-education-scottish-government-citizen-space) [Air ruigsinn 15/02/2023]

## Leas-phàipearan

Leas-phàipear 1 – [Bun-riaghailtean](#)

Leas-phàipear 2 – [A' Bhuidheann Lèirmheas Neo-eisimeileach – Ballrachd](#)

## Bun-riaghailtean

### Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan agus Measadh

Thoir an àire gur iad seo na Cumhachan Iomraidh tùsail bhon Ògmhios 2022 a tha a' gabhail a-steach gealltanais gun tèid an Lèirmheas a chrìochnachadh ro dheireadh a' Mhàirt 2023. Às deidh aonta Rùnaire a' Chaibineit san Dùbhlachd 2022 agus air iarrtas bhon Phroifeasair Louise Hayward chaidh an Lèirmheas a leudachadh gu deireadh a' Chèitein 2023.

### Facal-tòiseachaidh

Tha an sgrìobhainn seo a' mìneachadh raon-ùghdarras Buidheann Lèirmheas Neo-eisimeileach Theisteanasan is Measaidh (IRG), a bhios air a stiùireadh leis an Àrd-ollamh Louise Hayward, Àrd-ollamh Measadh agus Ùr-ghnàthachadh Foghlaim ann an Oilthigh Ghlaschu (Neach-gairm an IRG).

### Cùl-fhiosrachadh

Tha an obair seo a' tighinn gu ìre, mar thoradh air aithisgean OECD a chaidh fhoillseachadh bho chionn ghoirid air Curraicealam na h-Alba airson Sàr-mhathais (CfE). A rèir Scotland's Curriculum for Excellence - Into the Future (2021) ged a tha CfE "a' leantainn air adhart mar iomairt dhàna le taic fharsaing, agus a chaidh a dhealbhadh gus an t-sùbailteachd a thoirt seachad a dh'fheumar gus leasachaidh a bharrachd a dhèanamh air ionnsachadh nan sgoilearan... , gum feumar an structar, cleachdaidhean ionnsachaidh agus dòighean-obrach a thaobh measadh atharrachadh gus am biodh e a rèir lèirsinn CfE gus am biodh an curraicealam leantainneach do sgoilearan eadar 3 is 18 mar a chaidh a ghealltainn." Dh'fheuch an aithisg às dèidh sin leis an Àrd-ollamh Gòrdan Stobart, Upper-secondary education student assessment in Scotland: A comparative perspective.(2021) ri sealladh a thoirt seachad air a' 'mhì-thaobhadh' a bhathas a' faicinn eadar curraicealam agus measadh agus gus cothroman a nochdadh airson ath-leasachadh mheasaidhean san ìre as àirde.

A bharrachd air na h-aithisgean sin aig an OECD bho chionn ghoirid, às dèidh stad a bhith air a chur air deuchainnean Nàiseanta 5, Àrd-ìre agus Àrd-ìre Adhartach ann an 2020 agus 2021 mar thoradh air COVID-19, tha deasbad poblach às ùr air a bhith againn ann an Alba mu mheasadh, gu sònraichte san ìre as àirde. Mar sin, san Dàmhair 2021 dh'ainmich Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean gum biodh an t-Àrd-Ollamh Louise Hayward aig Oilthigh Ghlaschu a' stiùireadh obair, a' co-chomhairleachadh air an adhbhar agus air na prionnsapalan a bu chòir a bhith mar bhunait air ath-leasachadh theisteanasan agus measadh nàiseanta.

Mar thoiseach tòiseachaidh dhan obair seo, bithear a' beachdachadh agus a' dèanamh mion-sgrùdadh air aithisgean OECD; conaltradh ro-làimh, rannsachadh agus na freagairtean co-chomhairleachaidh a fhuaras mar phàirt de dh'obair an Àrd-ollamh Ken Muir a' buntainn gu sònraichte ri teisteanasan agus measadh;

conaltradh tràth leis an Àrd-ollamh Hayward le co-obraichean bho Phàrlamaid Òigridh na h-Alba agus Pàrlamaid na Cloinne agus rannsachadh agus suirbhidhean iomchaidh ro-làimh air oileanaich, tidsearan, agus pàrantan is luchd-cùraim air a' chuspair seo.

## Sgòp

Bheir an Neach-gairm, le taic bhon IRG agus Buidhnean Coimhearsnachd Co-obrachail, aithisg agus molaidhean do Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean, a' toirt comhairle air an adhbhar agus na prionnsapalan a bu chòir a bhith mar bhunait ri ath-leasachadh air teisteanasan nàiseanta agus measadh san 'ìre as àirde'. Bidh seo a' coimhead air ÀS4-ÀS6 agus aois 15-18 taobh a-muigh na sgoile sa mhòr-chuid, ach thathar cuideachd mothachail gum faodadh builean a bhith ann do chuid de luchd-ionnsachaidh inbheach a bhios a' dèanamh chùrsaichean a thig fon raon-ùghdarras. Bidh fòcas na h-obrach seo air frèam theisteanasan sgoile is colaiste a tha rim faighinn aig an Ìre as Àirde. Cha bhi an lèirmheas a' beachdachadh no a' dèanamh mholaidhean air an t-susbaint aig cùrsaichean fa leth. Thathar an dùil gun dèan an IRG sgrùdadh air cùisean leithid:

- adhbharan agus cleachdadh siostam teisteanais/deuchainnean, a' gabhail a-steach aithne air ionnsachadh, barantachadh, taghadh agus cunntachalachd
- beachdachadh air modhan measaidh ann an cuspairean dreuchdail agus teignigeach agus air leasan a ghabhadh ionnsachadh bho na modhan sin
- cothromachd, cothromas agus buaidh diofar dhòighean a thaobh measadh airson teisteanasan
- bho bheachdan gu cleachdadh – am pròiseas de bhith ag atharrachaidh agus ag ionnsachadh bhon àm a dh'fhalbh
- modhan-obrach Nàiseanta is Eadar-nàiseanta nas fharsainge a thaobh measadh is teisteanasan san àm ri teachd

Bidh na co-dhùnidhean aig an Neach-gairm agus an IRG neo-eisimeileach bho Riaghaltas na h-Alba agus bhon a h-uile buidheann eile.

Bheir an Neach-gairm cuireadh dhan IRG do dhaoine fa leth a tha a' tighinn bho dhiofar chùl-raointean agus aig a bheil farsaingeachd de sgilean, eòlas agus gnàth-eòlas.

## Buidhnean Co-obrachaidh Coimhearsnachd

Bidh e e na phrìomh dhleastanas air buill an IRG conaltradh a chur an comas. Bheir gach ball den IRG daoine bhon choimhearsnachd aca còmhla gus Buidheann Co-obrachaidh Coimhearsachd a chruthachadh. Bithear a' sùileachadh gun cruinnich buill IRG seallaidhean agus beachdan bho dhaoine fa leth agus bho bhuidhnean a tha a' nochdadh cho eadar-mheasgte 's a tha coimhearsnachdan na h-Alba. Bithear cuideachd an dùil gun smaoinich iad gu cruthachail air an dòigh as fheàrr gus conaltradh a chumail ris na coimhearsnachdan aca fhèin agus mar sin bithear an dùil gun obraich na CCGan ann an dòighean eadar-mheasgte. Gheibh buill IRG agus CCG taic bho rùnaireachd an Lèirmheis neo-eisimeilich taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba.

Thèid fianais agus lèirsinn a gheibhear bho na CCGan a thoirt air ais do choinneamhan mìosail an IRG agus bidh iad nam pàirt bhunaiteach den fhianais iomlan a thèid a chruinneachadh.

## Ballrachd IRG agus CCG

Ni Ballrachd an IRG agus na CCGan cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile buidheann le ùidh ann an cor nan teisteanasan san àm ri teachd a bhith a' biathadh a-steach dhan sgrùdadh. Bidh ballrachd a' gabhail a-steach, am measg eile:

- an fheadhainn air an toir seo a' bhuidhean as motha (luchd-cleachdaidh, sgoilearn, pàrantan agus luchd-cùraim) a' dèanamh cinnteach gu bheil daoine fa leth ann bho raon farsaing de chùl-raointean bho na buidhnean sin uile
- an fheadhainn a tha an sàs gu dìreach ann a bhith a' a' lìbhrigeadh chùrsaichean le teisteanasan – tidsearan, òraidichean, stiùirichean sgoile is cholaistean agus solaraichean trànaidh a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha a' riochdachadh Roinn Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig
- an fheadhainn a chleachdas na teisteanasan seo agus dhaoine òga a' gluasad bho fhoghlam àrd-ìre, foghlam adhartach, fastaichean, agus buidhnean bhon taobh a-muigh (m.e. Leasachadh Sgìlean na h-Alba).
- iadsan le uallach airson a leithid de theisteanasan a sholarachadh: m.e. SQA, buidhnean eile a bheir seachad teisteanasan agus buidhnean riaghlaidh eile
- iadsan le uallach airson poileasaidh ionadail a thaobh theisteanasan, m.e. ùghdarrasan foghlaim ionadail agus Comann Stiùirichean Foghlaim na h-Alba
- luchd-rannsachaidh ann an raointean a tha ro-cudromach do dh'obair na buidhne, m.e. curraicealam, teisteanasan agus measadh, co-ionannachd agus ceartas sòisealta, cunntachalachd, siostaman measaidh nàiseanta is eadar-nàiseanta, atharrachadh seasmhach
- riochdachadh bho gach pàirt den dùthaich, an dà chuid dùthchail agus bailteil.

## Gnìomhan

- Nì an Neach-gairm agus IRG na gnìomhan a leanas:
- cruthaich agus an uair sin, tro phròiseas co-dhealbaidh, co-aontaich seata de phrionnsabalan farsaing airson measadh. Fiosraichidh agus stiùiridh na prionnsabalan seo am pròiseas lèirmheis fhèin
- cruthaich CCGan a nì cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile buidheann le ùidh ann an cor nan teisteanasan san àm ri teachd a bhith a' biathadh a-steach dhan sgrùdadh
- ath-sgrùdadh a dhèanamh air fianais agus rannsachadh iomchaidh a tha ann mar-thà
- fianais nàiseanta is eadar-nàiseanta a choimiseanadh gus deasbadan fhiosrachadh, mar a bhios iomchaidh
- beachdachadh air an obair aice ann an co-theacs nas fharsainge bho aithisgean ro-innleachdail iomchaidh eile a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, an obair a rinn an t-Àrd-ollamh Muir a thaobh a bhith a' cur buidheann ùr an àite an SQA agus ath-leasachadh Foghlam Alba agus molaidhean Lèirmheas Comhairle Maoineachaidh na h-Alba airson roinne na treas ìre.
- obrachadh ann an co-bhonn ris an deasbad nàiseanta air foghlam a tha ri thighinn agus a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' toirt aire do thoraidhean iomchaidh bhon deasbad ann a bhith ag ullachadh aithisg dheireannach
- beachdachadh agus mothachadh a thoirt air eachdraidh agus leasachadh theisteanasan agus measadh ann an Alba gu ruige seo
- molaidhean practaigeach a chruthachadh a tha lèirsinneach, rud air a bheil co-aontachd fharsaing, agus a tha a rèir luachan comann-sòisealta na h-Alba
- comhairle a thoirt seachad mu bhith a' cur an gnìomh atharrachadh san àm ri teachd agus clàran-ama airson seo

## Toraidhean agus dòigh-obrach

Nì IRG na leanas:

- seallaidh e tro na dòighean-obrach aige gu bheil dealas aige airson a bhith a' cur luchd-ionnsachaidh aig cridhe chùisean
- bidh e ag obair fad na h-ùine ann an dòigh fhosgailte, fhollaiseach, chom-pàirteachail agus in-ghabhalach; agus e a' feuchainn ri dòighean-obrach a ghabhail a-steach agus a bhrosnachadh a tha a rèir nam prionnsapalan sin
- stèidhich CCGan a bhios ag obair ann an dòigh neo-rangach agus a bhios a' cur an comas conaltradh brioghmhor farsaing agus domhainn le daoine fa leth agus buidhnean air feadh na h-Alba, gu sònraichte leis an fheadhainn as motha a tha fo bhuaidh na cùise, 's e sin ri ràdh luchd-ionnsachaidh, pàrantan agus luchd-cùraim, luchd-cùraim òga agus clann agus daoine òga a tha no a bha ann an cùram.
- feuchainn ri co-aontachd a thogail a thaobh lèirsinn cho-roinnte dhan àm ri teachd
- cleachdaidh e raon de mhodhan anailis gus fianais a chruthachadh bho phoileasaidh, cleachdadh agus rannsachadh agus às an sin a' tighinn gu co-dhùnidhean stèidhichte air fianais
- susbaint bhuntaineach fhoillseachadh air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba ann an deagh àm

## Nì an Neach-gairm na leanas:

- bidh i daonnan ag obair ann an dòigh fhosgailte, fhollaiseach, chom-pàirteachail agus in-ghabhalach; agus i feuchainn ri dòighean-obrach a ghabhail a-steach agus a bhrosnachadh a tha a rèir nam prionnsapalan sin
- coinneamh den IRG a ghairm gach mìos
- coinneachadh le Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlaim agus Sgilean gu cunbhalach tro bheatha na buidhne gus fiosrachadh a chumail rithe mu adhartas
- dèanamh cinnteach gu bheil taic aig buill an IRG gus na dleastanasan aca a choileanadh mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd
- aithisg eadar-amail a thoirt do Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlaim agus Sgilean
- aithisg mu dheireadh a dhèanamh a bhios ruigsinneach agus furasta cleachdadh

## Clàr-ama

Tòisichidh an Neach-gairm an obair as t-Earrach 2022 agus thig an obair gu crìch ro dheireadh a' Mhàirt 2023.

Thèid taic rùnaireachd a dh'fheumas an Neach-gairm, an IRG agus an CCG a sholarachadh tro Buidheann-stiùiridh Ath-leasachadh an Fhoghlaim ann an Riaghaltas na h-Alba. Obraichidh an Rùnaireachd gu neo-eisimeileach bho Riaghaltas na h-Alba gus taic a chumail ris an lèirmheas.

## Rèiteachaichean leis an Roinn Sponsoraidh

Bidh Roinn a' Churraicealaim is nan Teisteanasan ann an Buidheann-stiùiridh Ath-leasachadh an Fhoghlaim na Roinn sponsaireachd aig an Neach-gairm taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba. 'S e an Leas-stiùiriche airson a' Churraicealaim an sponsair ainmichte airson na h-obrach seo

## Cuir fios gu

[Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan agus Measadh](#)



### Ballrachd na Buidhne Lèirmheis Neo-eisimeilich

Thoir an aire gu bheil cha mhòr a h-uile ball den IRG a' stiùireadh Buidheann Coimhearsnachd Co-obrachail (CCG). Chan eil buill IRG san dreuchd seo a' riochdachadh bhuidhnean ach bidh iad a' ceangal ri coimhearsnachd. A bharrachd air sin tha an Lèirmheas ag obair gu dìreach le buidheann de luchd-fastaidh (poblach agus san treas roinn), na sgoiltean sònraichte le taic-airgid agus na h-aonadan tèarainte.

#### Na daoine as cudromaiche dha bheil teisteanasan

Luchd-ionnsachaidh

- Beinn Grant (Ball Pàrlamaid Òigridh na h-Alba)
- Ruby Cardie (Ball Pàrlamaid Òigridh na h-Alba) bhon Ghearran 2023
- Zainab Adeleye (Ball Pàrlamaid Òigridh na h-Alba) gus am Faoilleach 2023

Pàrantan/Luchd-cùraim

- Cheryl Burnett (NPFS)
- Barrie Sheppard (NPFS)
- Eileen Prior (Connect)

#### Na daoine a bhios a' dealbhadh, a' leasachadh agus a' toirt seachad theisteanasan

Luchd-teagaisg agus òraidichean

- Andrea Bradley (Àrd-rùnaire, Aonadh an EIS)
- Peter Bain (Ceannard-sgoile)
- Andrew Findlater (Prìomh Thidsear)

Dealbhadh is leasachadh

- Douglas Hutchison (Riaghaltas ionadail)
- Gill Stiùbhart / Margaret Farragher – dreuchd co-roinnte (SQA)
- Aileen Ponton (co-thaobhadh theisteanasan nàiseanta) gus an Dùbhlachd 2022
- Pauline Radcliffe (co-thaobhadh theisteanasan nàiseanta) bhon Dùbhlachd 2022

#### A' fiosrachadh a' phròiseis Rannsachadh

- An t-Àrd-ollamh Chris Chapman (Oilthigh Ghlaschu): Am Pròiseas Atharrachaidh
- An t-Àrd-ollamh Mark Priestley (Oilthigh Shruighlea) agus an Dr Joseph Smith - dreuchd co-roinnte: Curraicealam
- An t-Àrd-ollamh Jo-Anne Baird (Oilthigh Oxford), Teisteanasan agus Measadh
- An Dr Edward Sosu (Oilthigh Shrath Chluaidh) Cothromas

### **A' fiosrachadh a' phròiseis Poileasaidh**

- An t-Àrd-ollamh Ken Muir (Oilthigh na h-Alba an Iar)
- An t-Àrd-ollamh Gordon Stobart (Oilthigh Oxford)
- An t-Àrd-ollamh Graham Donaldson (Oilthigh Ghlaschu)

### **An fheadhainn a chleachdas theisteanasan**

- Tracy Black (CBI na h-Alba)
- An t-Àrd-ollamh Ken Thomson (Colaiste Gleann Fhoirthe)
- An t-Àrd-ollamh Jonathan Powles Oilthigh na h-Alba an Iar